



Aithisg bhliadhnail &
aithris nan cunntasan

Annual report &
statement of accounts

20/21



Lèirsinn MG ALBA

Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail, ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde

RÙN

Geallaidh sinn spionnadh agus brosnachadh a thoirt tron Ghàidhlig agus na meadhanan A' toirt Gàidhlig thugaibh

LUACHAN

Cruthachalachd – Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig
Luchd-amhairc – Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc
Àrd-amas – Tha sinn ag amas air agus a' libhrigeadh sàr-mhathas
Co-bhanntachd – Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh
Spèis – Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach

MG ALBA Vision

That Gaelic media is recognised universally for creativity, innovation and the highest standards

MISSION

Our promise is to inspire and encourage through Gaelic and media
Bringing Gaelic to you

VALUES

Creativity – We enable the creation of high-quality Gaelic content
Audience – We are informed and inspired by our audience
Ambition – We strive for and deliver excellence
Partnership – We achieve through collaboration
Respect – We listen; we encourage; we are fair



25 June 2021

Lord Burns
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Lord Burns

Annual Report and Accounts

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnaile Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2021.

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2021.

Le dùrachd

Allan MacDonald

CHAIR

Clàr-innse

Teachdaireachd a' Chathraiche	1
Lèirmheas an Àrd-Oifigeir	5
Lèirmheas Ghnìomhan & Ghnothaichean	11
Prìomh Chomharran Dèanadais	17
Lèirmheas BBC ALBA	19
Lèirmheas Leasachaidh	35
Aithris Riaghlaidh	43
Aithrisean ionmhasail airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2021	49
Tuilleadh Fiosrachaidh	93
Luchd-obrach	95
Am Bòrd	99

Contents

Chair's Message	1
Chief Executive's Review	5
Activities & Business Review	11
Key Performance Indicators	17
BBC ALBA Review	19
Development Review	35
Governance Statement	43
Financial Statements for the year ended 31 March 2021	49
Additional Information	93
Staff	95
Board	99

Teachdaireachd a' Chathraiche

Thug suidheachadh Covid-19 buaidh mhòr air a' bhuidhinn againn thar na bliadhna ann an dòigh air leth dùbhlach agus tha e na thogail inntinn san t-suidheachadh seo a bhith a' meòrachadh gun robh àrdachadh 3% bliadhna-air-bliadhna ann an ruigsinneachd an luchd-amhairc againn, leis an iPlayer a' faighinn fàs 3.5% bliadhna-air-bliadhna ann am margaidh a bha gu math farpaiseach. Thàinig fàs air an ùine a tha luchd-amhairc a' coimhead susbaint agus air luachadh an luchd-amhairc. Tha e soilleir gu bheil na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh a' miannachadh susbaint Ghàidhlig le càileachd agus le buntanas, ged a tha iad ag atharrachadh an cleachdaidhean amhairc, mar a tha luchd-amhairc thar speactram nam meadhanan. Tha an ro-innleachd ioma-ùrlair againn air libhrigeadh mheadhanan a' dèanamh cinnteach gum faigh ar luchd-amhairc cothrom air susbaint Ghàidhlig air ioma-ùrlair agus tha sinn a' coimhead air adhart ri seo a leasachadh san àm ri teachd.

Am-bliadhna tha àm ri teachd mheadhanan san roinn phoblaich san fharsaingeachd agus an àrainneachd cho-theacsail air a bhith air an sgrùdadh gu mòr. Chuir MG ALBA freagairt a-steach do sgrùdadh na Roinne Didseatach, Cultar, Meadhanan agus Spòrs mu *The Future of Public Sector Broadcasting*, gu rannsachadh OFCOM anns a' cho-chomhairle *Small Screen: Big Debate* agus gu sgrùdadh air *Public Service Broadcasters and the UK Production Sector*. Tha MG ALBA gu gnìomhach a' cur ris na conaltraidhean sin, a' riochdachadh nam meadhanan Gàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gu bheil guth aon de na cànanan dùthchasach as cudromaiche san RA ri chluinntinn anns na beachdachaidhean cudromach seo.

Tha MG ALBA cuideachd an-dràsta a' cumail chòmhradh le Riaghaltas na RA agus iad a' dèanamh sgrùdadh air Cis Craolaidh a' BhBC mar ullachadh airson nan còig bliadhna a tha romhainn. Tha e air leth cudromach

do na meadhanan Gàidhlig gum bu chòir am maoineachadh san àm ri teachd gu h-ìomchaidh mar chùis poileasaidh poblach.

Ann an 2021, foillsichidh sinn ar Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig a tha àrd-amasach, mar thoradh air conaltradh le ar luchd-ùidh agus com-pàirtichean, a thuilleadh air mion-sgrùdadh air mar as urrainn do na meadhanan Gàidhlig am pàirt a chluich ann a bhith mar mheadhan air atharrachadh deimhinneach a thoirt air a' Ghàidhlig agus air leasachadh cultarail. Mìnichidh e mar a bhios meadhanan seirbheis poblach Gàidhlig, a tha air am maoineachadh gu h-ìomchaidh, a' tàladh agus a' sàsachadh luchd-amhairc ach cuideachd gan toirt bho bhith dìreach a' cleachdadh nam meadhanan gu bhith a' com-pàirteachadh annta gu gnìomhach agus, a thaobh cuid, gan toirt a-steach do ùr-ghnàthachadh agus entrepreneurachd stèidhichte sa choimhearsnachd.

Tha an t-àm ri teachd gu bhith didseatach agus chuir MG ALBA



Chaidh seallaidhean iPlayer BBC ALBA suas **3.5%** bliadhna-air-bliadhna

BBC ALBA iPlayer views increased **3.5%** year-on-year

Chair's Message

The impact of Covid-19 throughout the year permeated the life of our organisation in a hugely challenging way and it is very heartening in these circumstances to reflect that a 3% year-on-year increase in our Gaelic audience reach was delivered, with iPlayer achieving 3.5% year-on-year growth in a very competitive marketplace. Time spent viewing and audience appreciation figures also reflected growth. It is clear that the communities we serve have an appetite for quality and relevant Gaelic content, albeit that they are changing their viewing habits in line with audiences across the media spectrum. Our multiplatform approach to media delivery is ensuring that our audiences can access Gaelic content on a range of platforms, and we look forward to this developing as we look to the future.

This year the future of public service media in general and its contextual landscape has been under very active consideration. MG ALBA submitted a response to the Department of Digital, Culture, Media and Sport inquiry into *The Future of Public Service Broadcasting*, to Ofcom's Small Screen/Big Debate consultations and to their *Public Service Broadcasters and the UK Production Sector* review. MG ALBA is actively contributing to these discussions, representing Gaelic media and ensuring that the voice of one of the UK's most important indigenous languages is heard in these important deliberations.

MG ALBA is also currently holding discussions with the UK Government as they review the BBC Licence Fee Settlement in preparation for the next five years. It is of paramount importance to the future of Gaelic media that it should be adequately funded as a matter of public policy.

In 2021 we will publish our ambitious Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media, the outcome of



engagement with our stakeholders and partners, as well as intense analysis of how Gaelic media can play its part in being a catalyst for positive change in Gaelic language and cultural development. It will outline how a properly funded Gaelic public service media will attract and satisfy audiences but also take them from consumption into active participation and, for some, into community-based innovation and entrepreneurship.

The future is digital and MG ALBA appreciated the opportunity to engage with the Scottish Government's work on the Digital Strategy for Scotland, looking at how Scotland will thrive in a digital world. Our participation in the Faster Rate of Progress initiative for the Gaelic language introduced by the Deputy First Minister in the Scottish Government, John Swinney, has seen us take on a leadership role in delivering Gaelic



fàilte air a' chothrom a dhol an sàs le obair Riaghaltas na h-Alba air an Ro-innleachd Dhidseatach airson Alba, a' coimhead air mar a bhios Alba a' soirbheachadh ann an saoghal didseatach. Tha ar com-pàirteachadh san iomairt Adhartas nas Luaithe airson na Gàidhlig a thòisich an Leas Phrìomh Mhinistear ann an Riaghaltas na h-Alba, Iain Swinney, air ar faicinn a' gabhail os làimh dreuchd ceannardais a thaobh a bhith a' libhrigeadh Gàidhlig san raon didseatach. Nas fhaide air adhart sa bhliadhna ullachidh sinn Ro-innleachd Teicneòlas agus Ùr-ghnàthachadh gus cur ri Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig.

Tha ar com-pàirteachas libhrigidh leis a' BhBC a' leantainn air adhart a' soirbheachadh aig ìre obrachaidh, a' daingneachadh dealas nan sgiobaidhean obrachaidh tàlantach gus dèanamh cinnteach gum bi sàr sheirbheis ann airson luchd-amhairc. Tha mi a' cur fàilte air dealas a' BhBC anns an sgrìobhainn planaich aca o chionn ghoirid airson an ama 2022-2027 gus 'com-pàirteachas BBC/MG ALBA ùrachadh a tha a' libhrigeadh BBC ALBA gus an àrainneachd dhidseatach a thaisbeanadh nas fheàrr agus taic a thoirt do leasachadh tàlant ùr.'

Ach, 's ann le faireachdainn de bhriseadh-dùil a tha mi a' meòrachadh nach deach gealltanais a' BhBC a chaidh a dhèanamh ann an 2017 ri Pàrlamaid na h-Alba airson 100 uair a thìde de shusbaint a bharrachd a bhith air BBC ALBA fhathast a libhrigeadh, gun fianais

sam bith cuin a thachras seo. Tha mi a' bruidhinn às leth a' Bhùird nuair a tha mi ag ràdh gu bheil an t-àm ann gun dèan am BBC soilleir an dealas ionmhasail agus obrachaidh gu BBC ALBA, airson an àm a tha an làthair agus an àm ri teachd, agus gu lorg Ofcom agus am BBC dòighean cunntachalachd a leasachadh airson geallaidhean a chaidh a dhèanamh leis a' BhBC a thaobh nam meadhanan Gàidhlig. Tha e cuideachd na bhriseadh-dùil gu bheil BBC ALBA fhathast air a chraoladh air Deifinisean Coitcheann (SD) seach ann an Àrd Dheifinisean (HD) mar a tha seanailean eile a' BhBC – rud a tha gu h-àraidh millteach do ar seirbheis spòrs prìseil. Tha e soilleir gur e àrd-phrìomhachas airson na bliadhna a tha romhainn gum bi MG ALBA agus am BBC a' leasachadh agus a' libhrigeadh modal riaghlaidh èifeachdach aig ìre bùird gus ro-innleachd com-pàirteachaidh ullachadh airson BBC ALBA agus airson nan ùrlaran susbaint com-pàirteachaidh againn.

Tha buaidh Covid-19 dùbhlach do gach roinn san dùthaich, le mòran a' strì gus na seirbheisean aca a libhrigeadh. Ach, feumaidh mi moladh a thoirt do Bhòrd agus sgioba MG ALBA, ar com-pàirtichean aig a' BhBC agus an roinn neo-eisimeileach againn a choilean gnìomh a bha coltach nach gabhadh a dhèanamh an toiseach, agus a rinn cinnteach gu robh sàr-shusbaint buntainneach agus gu dearbh air leth ùr-ghnathasach againn uile tron bhliadhna. Rè na h-ùine cuideachd tha Riaghaltas na

h-Alba air a bhith fialaidh a thaobh a dhealas, taic ionmhasail agus am brosnachadh do ar n-obair.

Anns an amharc againn tha foillseachadh SpeakGaelic as t-Fhoghar. Tha seo na shàr-eisimpleir de ar modal com-pàirteachais, far a bheil buidhnean air tighinn còmhla mu iomairt a dh'fhàs bho aon chom-pàirteachas, Learn Gaelic, agus a tha a' cuimseachadh air amasan soilleir airson ionnsachadh cànan. Le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, agus prìomh chom-pàirtichean libhrigidh, am BBC agus Sabhal Mòr Ostaig, tha sinn a' coimhead air adhart ri inneal ionnsachaidh meadhain ioma-ùrlair ùr-nòsach a bheir roghainn agus sùbailteachd do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus dhaibhsan a tha dìreach airson a' Ghàidhlig aca a leasachadh. Tha mi cinnteach gum bi meas aig an fheadhainn a tha ag ionnsachadh a' chànan air a' ghoireas riatanach seo, is dòcha mar cheumnaichean LearnGaelic, ach cuideachd dhan fheadhainn againn a tha air am meas mar fileanta. Leanaidh tu ort ag ionnsachadh gu bràth!

Le dòchas gun gluais sinn gu amannan nas soilleir agus bho làithean dorcha Covid-19, nas làidire airson an eòlais, tha mi misneachail gum bi MG ALBA, leis na goireasan a th' ann, deiseil airson a dhol air adhart san àm ri teachd ann an spiorad com-pàirteachais agus dol an sàs dealasach gus na seirbheisean a libhrigeadh air a bheil ar luchd-amhairc airidh.



in the digital sphere. Later in the year we will prepare a Technology and Innovation Strategy to complement the Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media.

Our delivery partnership with the BBC continues to excel at an operational level, underlining the commitment of the talented operational teams to ensuring an excellent service for audiences. I welcome the BBC's commitment in their recent planning document for the period 2022-2027 to 'modernise the BBC/MG ALBA partnership which delivers BBC ALBA to reflect the digital landscape better and support new talent development.'

However, it is with a sense of disappointment that I reflect that the BBC commitment made in 2017 to the Scottish Parliament of 100 hours of additional BBC ALBA content has not yet been delivered, with no evidence of any intention to do so. I speak for the Board of MG ALBA when I say that it is time for the BBC to make transparent their financial and resource commitments to BBC ALBA, for the present and for the future, and for Ofcom and the BBC to find ways to enhance accountability for pledges that have been made by the BBC in respect of Gaelic media. It is equally disappointing that the BBC ALBA TV channel languishes in Standard-Definition rather than the High-Definition standard available to other BBC channels – particularly detrimental to our highly regarded sports service. It

is apparent that a high priority for the year ahead is for MG ALBA and the BBC to develop and deliver an effective strategic governance model at board level to agree a long-term strategy for BBC ALBA and our joint content platforms.

The impact of Covid-19 is challenging for every sector in the nation, with many struggling to deliver their services. However, I must pay tribute to the MG ALBA Board and team, our BBC partners and our independent sector suppliers who achieved what initially seemed like an insurmountable task, and ensured we all had high quality, relevant and indeed very innovative content throughout the year. Throughout the period also the Scottish Government has been unstinting in its commitment, financial support, and encouragement of our work.

On our immediate horizon is the exciting launch of SpeakGaelic in the Autumn. This epitomises our partnership model, where organisations have coalesced around an initiative which grew from one partnership, Learn Gaelic, and is focused on clear joint objectives for language learning. With the support of the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig, and

key delivery partners the BBC and Sabhal Mòr Ostaig we look forward to a modern, multiplatform media learning tool which provides choice and flexibility for Gaelic learners and those simply seeking to improve their Gaelic. I am sure this essential resource will be appreciated by those learning the language, perhaps as graduates of LearnGaelic, but also those of us whose who are regarded as fluent. You never stop learning!

As we hopefully emerge into the light from the darker days of Covid-19, stronger for the experience, I am confident MG ALBA, given the resources, will be ready to embark on a re-energised future in a spirit of committed partnership and engagement to grow the services our dedicated and loyal audiences deserve.

Speak
Gaelic

Lèirmheas an Àrd-Oifigeir

Tha mi airson an lèirmheas seo a thòiseachadh airson na bliadhna ionmhais gu Màrt 2021 le bhith a' toirt urram do mo cho-obraichean agus don roinn chruthachail Ghàidhlig gu lèir airson an seasmhachd, an sùbailteachd agus an innleachdas tro bhliadhna a tha air a bhith na dheuchainn. Le sàr-dhealas agus proifeiseantachd, agus gun bhriseadh sam bith air seirbheis, tha iad air gabhail ri dòighean obrach ùra mar phàirt den fhreagairt choitcheann againn air èiginn Covid-19.

Dèanadas

A dh'aindeoin nan dùbhlain, chunnaic sinn mòran soirbheachais anns a' bhliadhna ionmhais. Bha àireamhan luchd-amhairc fallain agus, tron phannal luchd-amhairc againn, bha luchd-amhairc gu cunbhalach ag innse dhuinn cho mòr 's a bha iad a' cur luach air susbaint BBC ALBA, air gach ùrlar. Lean LearnGaelic a thaobh fàs an luchd-cleachdaidh, agus chlàraich FilmG – eadhon ann am bliadhna de ghlasadh – an ìre as àirde a-riamh de dh'fhilmichean.

Aig toiseach na bliadhna chomharraich sinn 10 prìomh chomharran dèanadais. Bha sinn toilichte gun tàinig àrdachadh ann an àireamhan ar prìomh luchd-amhairc air telebhisean agus iPlayer, eadhon ged nach do choilean sinn buileach ar slat-

Mheudaich figearan luachaidh luchd-amhairc Gàidhlig BBC ALBA

BBC ALBA's Gaelic audience appreciation figures increased

tomhais seachdaineil de 60% airson coimhead loidhneach. B' e cion spòrs beò agus tachartasan airson pàirt mhòr den bhliadhna na prìomh adhbharan nach do choilean sin ar comharran a thaobh cruth-goirid, meadhanan sòisealta agus duaisean. Chaidh na comharran eile againn a choileanadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air seo, bhithinn airson ur brosnachadh ùine a ghabhail a bhith a' leughadh lèirmheas BBC ALBA agus an Lèirmheas Leasachaidh nas fhaide air adhart, a thuilleadh air na Prìomh Chomharran Dèanadais againn.

B' e seo a' bhliadhna mu dheireadh den t-sealladh còig bliadhna againn, no Lèirsinn 2021. Chaidh a h-uile gin de na h-amasan fad-ùine againn ach aon dhiubh a choileanadh no tha iad an ìmpis a bhith air an coileanadh. Tha mi airson ur n-aire a tharraing gu sònraichte chun t-susbaint chloinne air a bhrannadhadh a tha a-nis ri fhaighinn air an t-seanail loidhneach, an iPlayer, agus YouTube, agus chun obair a tha a' dol air adhart an-dràsta gus tairgse ionnsachaidh ioma-ùrlair ùr a chruthachadh. B' e am prìomh bhriseadh-dùil againn nach do rinn sinn an t-adhartas a bha sinn ag iarraidh ann a bhith a' leudachadh ar tairgse do luchd-amhairc thall thairis. Is e seo rudeigin air an toir sinn aghaidh anns an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig ùr againn.



Ionmhas agus Gnothachas

Bha toraidhean ionmhasail na buidhne deimhinneach. Thàinig sinn gu co-dhùnadh tràth taic a thoirt do ar com-pàirtichean riochdachaidh le bhith sùbailte le clàran riochdachaidh agus sruth-airgid. Thagh sinn cumail ri na geallaidhean riochdachaidh, eadhon ged a chaidh dàil a chuir orra mar thoradh air Covid-19, a' toirt riochdachaidhean eile air adhart gus sruth-airgid a chothromachadh. Ach a dh'aindeoin sin, chuir sinn crìoch air a' bhliadhna le airgead de £886k, agus tha sin uile air a chomharrachadh airson riochdachaidhean a thèid a libhrigeadh ann an 2021-22. Tha mi taingeil do mo cho-obraichean agus do ar com-pàirtichean riochdachaidh airson an obair chruaidh agus ùr-ghnàthach, agus do Riaghaltas na h-Alba airson an cead gus geallaidhean a thoirt air adhart.

Tha ar n-Aithris air Teachd-a-steach lomlan a' sealltainn còrr de £787k. Tha an còrr seo mar thoradh air an dàil ann an gnìomhachd ri linn

Chief Executive's Review

I want to start this report for the financial year to March 2021 by paying tribute to my colleagues and the entire Gaelic creative sector for their tenacity, flexibility, and ingenuity during what has been a testing year. With great dedication and professionalism, and without disruption to service, they have embraced new ways of working as part of our collective response to the Covid-19 crisis.

Performance

Despite the challenges, we saw many successes in the financial year. Viewer numbers were healthy and, through our audience panel, viewers consistently told us how much they appreciated BBC ALBA's content, on all its platforms. LearnGaelic continued to grow its user base, and FilmG – even in a year of lockdown – recorded its highest ever level of entries.

At the start of the year we identified 10 key performance indicators. We were pleased that core audience viewership on television and iPlayer rose, even though linear viewership just missed our 60% weekly benchmark. The absence of live sport and events for a significant part of the year were the main reasons for not meeting our short-form, social media and awards indicators. Our other indicators were met.

For more discussion on this, I would encourage you to take the time to read the highly informative BBC ALBA and Development Reviews, which follow, as well as our Key Performance Indicators.

This was the final year of our five-year vision, or Lèirsinn 2021. All but one of our long-term objectives were, or are in the process of being, fulfilled. I draw particular attention to the branded children's output now available on the linear channel, the iPlayer, and YouTube, and to the work currently in progress to create a new multiplatform learning offering. Our main disappointment

Ann an 2021, foillsichidh sinn an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig

In 2021, we will publish our new five-year Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media

was that we did not make the progress we wanted in expanding our offering to viewers overseas. This is something we will address in our new Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media.

Finance and Business

The financial results of the company were positive. We took an early decision to support our production partners by being flexible with production schedules and cash flow. We chose to honour production commitments, even if they were delayed unavoidably on account of Covid-19, bringing other productions forward to balance cash flow. Nevertheless, we ended the year with cash of £886k, all of which is earmarked for productions to be delivered in 2021-22. I am grateful to my colleagues and to our production partners for their hard and innovative work, and to the Scottish Government for their consent to carry forward commitments.

Our Statement of Comprehensive Income shows a surplus of £787k. This surplus results from the delays in activity arising from Covid-19. We anticipate a deficit in 2021-22 of a similar value bringing the net result of the two years to an approximate breakeven.



Covid-19. Tha sinn a' sùileachadh easbaidh ann an 2021-22 de luach co-ionann a' toirt toradh lom an dà bhliadhna gu ìre tuairmseach.

Tron bhliadhna, chuir sinn cùmhnantan subsaint ioma-bhliadhnail a-mach gu tairgse. Bha sinn air ar brosnachadh gu mòr leis an fhreagairt, an dà chuid gu cruthachail agus gu gnothachail. Thèid na cùmhnantan sin a thoirt gu crìch tràth anns a' bhliadhna ionmhais seo agus mairidh iad gu 30 Ògmhios 2024.

A thuilleadh air a bhith a' libhrigeadh susbaint àrd-inbhe do MG ALBA, bidh na solarachaidhean fad-ùine sin a' cuideachadh le bhith a' toirt tomhas de chinnt don roinn riochdachaidh, a' cruthachadh bunait airson dealbhadh agus airson leasachadh coimearsalta dhaibh. Tha an leasachadh coimearsalta seo na eileamaid chudromach de ar sealladh airson an ama ri teachd.

Anns a' bhliadhna gu 31 Màrt 2021, bha sinn air leth toilichte a bhith a' faicinn co-obrachaidhean eadar-nàiseanta àrd-inbhe a' tighinn chun sgrion, agus tha sinn a' moladh ar com-pàirtichean riochdachaidh airson an oidhirp agus sinn a' coimhead air adhart ri àrdachadh leantainneach ann an leud agus meud na gnìomhachd seo.

A' coimhead air adhart

Ann an 2021, foillsichidh sinn an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig. Aig cridhe

ar lèirsinn tha dealas a bhith a' frithealadh ar luchd-amhairc air fad, nam measg gu h-àraidh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a tha nas òige a bhios, mar an ginealach fhèin, a' coimhead barrachd den t-susbaint aca air innealan agus ann an cruth goirid.

Cha bu chòir an obair seo a mheasadh ann an suarachas. Chan eil maoinachadh airson BBC ALBA fhathast gu leòr airson làn sheirbheis a libhrigeadh. Bhithinn airson sònrachadh nach robh e comasach do BhBC ALBA ach ceithir uairean a thìde de dhràma agus comadaidh a libhrigeadh sa bhliadhna a tha dìreach air crìochnachadh, agus gu sìmplidh chan eil seo gu leòr airson ceangal gu cunbhalach ri luchd-amhairc nas òige. Ma tha BBC ALBA gu bhith a' ciallachadh rudeigin do luchd-amhairc òga, feumar seilbheachd a bharrachd a lorg.

A dh'aindeoin an dùbhlain maoineachaidh chruaidh, feumaidh na meadhanan Gàidhlig againn tòrr a bharrachd a choileanadh na seirbheisean coimeasach anns a' mhòr-chànan. Feumaidh na meadhanan againn cuideachd a bhith nan cuireadh don neach-amhairc a bhith an sàs gu gnìomhach ann an ionnsachadh agus cultar na Gàidhlig agus eadhon gus pàirt gnìomhach a ghabhail ann an cruthachadh susbaint Gàidhlig agus entrepreneurachd mheadhanan. Feumaidh sinn an eag-eòlas seo de luchd-amhairc, com-

pàirteachadh agus cruthachalachd fhàs gu luath, agus an seilbheachd a dhèanamh cinnteach a bheir gu buil e, mar phrìomhachas anns na còig bliadhna a tha romhainn.

Mar sin aig cridhe ar lèirsinn tha dealas airson seilbheachd a ghlèidheadh. Tha feum air seo airson dràma cruth fada agus cruth goirid, comadaidh agus susbaint eile, gu sònraichte gus ceangal ri luchd-cleachdaidh mheadhanan nas òige. Còmhla, agus cuide ri ar com-pàirtichean, tha sinn cuideachd airson Cruinneachadh Mheadhanan a stèidheachadh le fòcas air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, ach chan ann a-mhàin air na h-àiteachan sin. Tha iad sin nam molaidhean inntinneach a tha sinn an dòchas a gheibh taic ann an 2021.

Le taic ionmhais bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, bidh MG ALBA, am BBC agus Sabhal Mòr Ostaig comasach air tòiseachadh gu sgiobalta air pròiseactan àrd-amasach airson nan còig bliadhna a tha romhainn.

Còmhla cuiridh sinn SpeakGaelic air bhog san t-Sultain 2021, a' tòiseachadh an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig ùr le iomairt mhòr aig a bheil comas a bhith cruth-atharrachail ann an iomadh dòigh. Tha am pròiseact ag aonachadh meadhanan, foghlam agus coimhearsnachdan fon aon bhrann agus fhrèam adhartais cànan, a tha sinn an dòchas a bhios na



During the year, we put multi-annual content contracts out to competition. We were extremely encouraged by the response, both in creative and in business terms. Those contracts will be finalised in the early part of the current financial year and will last to 30 June 2024.

As well as delivering high quality content to MG ALBA, those long-term arrangements help to provide some certainty to the production sector, creating a basis for planning and for commercial development for them. This commercial development is a highly important element of our vision for the future.

In the year ended 31 March 2021, we were delighted to see high-quality international collaborations come to screen, and we commend our production partners for their endeavour as we look forward to continued increase in the scope and scale of this activity.

Looking ahead

In 2021, we will publish our new five-year Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media. At the heart of our vision is a commitment to

servicing all our audiences, including especially younger users of Gaelic who, in common with their generation, consume more of their content on devices and in short-form.

The size of this task should not be underestimated. Funding for BBC ALBA is still not sufficient to provide a full service. I would highlight that BBC ALBA was able to provide only four hours of drama and comedy in the year just ended, and this is simply not enough to connect regularly with younger audiences. If BBC ALBA is to be consistently meaningful for younger audiences, additional investment must be found.

Despite the severe funding challenge, our Gaelic media must achieve so much more than comparable services in the majority language. Our media also must act as an invitation to the viewer to become an active participator in Gaelic learning and culture and even to play an active role in Gaelic content creation and media entrepreneurship. We will need to rapidly grow this ecology of viewership, participation,

and creativity, and secure the investment that will make it a reality, as a priority of the next five years.

Central to our vision is, therefore, a commitment to securing investment. This is needed for both long-form and short-form drama, comedy and other content, particularly to connect with younger media consumers. In tandem, and with our partners, we are also determined to establish a Media Innovation Cluster with a focus on, but not exclusively, the Highlands and Islands. These are exciting proposals which we hope will find support in 2021.

With the financial support of the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, the BBC and Sabhal Mòr Ostaig will be able to make a quick start on projects of ambition for the next five years.

Together we will launch SpeakGaelic in September 2021, kicking off the new Lèirsinn Route Map for Gaelic Media with a major initiative which has the potential to be transformative in many ways. The project unites media, education and communities under a single



mheadhan air àrdachadh mòr a thoirt do ionnsachadh na Gàidhlig aig an taigh agus thall thairis. Faodaidh tu barrachd a leughadh mu SpeakGaelic air duilleag 39.

Bidh cur air bhog a' phròiseact Càrn na leasachadh inntinneach eile far am bithear a' cruinneachadh agus ag àrdachadh susbaint mheadhanan didseatach is sòisealta na Gàidhlig, bho iomadh stòr. Cruthaichidh seo eòlas leantainneach sna meadhanan do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus togaidh e luchd-amhairc airson guthan ùra.

Annas a' bhliadhna a thàinig gu crìch, thòisich an sgioba àrd-stiùiridh air prògram atharrachaidh a thèid a leudachadh gu co-obrachaidh eile sa bhliadhna ionmhais seo. Mar bhuidheann mheadhanan le freumhan ann an craoladh traidiseanta, feumaidh MG ALBA gabhail ri atharrachadh gu for-ghnìomhach agus gu luath. Tha e deatamach gum bi sinn, mar bhuidheann, a' riochdachadh an fheadhainn a tha sinn a' feuchainn ri fhrithealadh, agus anns na mìosan agus na bliadhnaichean a tha romhainn nì sinn an cruth-atharrachadh a tha riatanach. Bidh seo a' gabhail-a-steach geallaidhean soilleir a thaobh lùghdachadh gualain, iomadachd agus in-ghabhaltas, sruthan obrach snasail no lùthmhor, agus cruthachadh chleachdaidhean obrach agus chom-pàirteachasan ùra a bhios ag amas air àite-obrach MG ALBA a dhèanamh eadhon nas motha mar mhaoin don choimhearsnachd.

A bharrachd air ar dleastanas anns na meadhanan Gàidhlig, tha dreuchd ceannardais aig MG ALBA ann a bhith a' fighe a-steach fuasglaidhean didseatach ann an coileanadh a' phlana nàiseanta airson Gàidhlig, fon iomairt Adhartas nas Luaithe. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair le com-pàirtichean ann an dòigh siùbhlach buidhne, agus tha sinn a' toirt taing do dh'Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Leasachadh Sgìlean na h-Alba, Alba

Chruthachail, Comhairle nan Eilean Siar, com-pàirtichean ionadail agus feadhainn eile a tha a' tighinn còmhla rinn san obair seo.

Taing

Bu mhath leam taing a thoirt do Riaghaltas na h-Alba airson an taic ionmhasail agus bhrosnachail fialaidh a thuilleadh air ar prìomh chom-pàirtiche, am BBC. Ged is dòcha nach bi sinn an-còmhnaidh ag aontachadh, tha an com-pàirteachas air a chomharrachadh le deagh rùn agus dìoghmháltas practaigeach a bhith innleachdach agus ùr-ghnàthach leis a' mhaoin cuibhrichte – a thaobh craolaidh – a tha ann dhuinn.



9

Bu mhath leam taing a thoirt do Shabhal Mhòr Ostaig, a thàinig còmhla rinn gus am pròiseact SpeakGaelic a chruthachadh a thèid a chur air bhog as t-Fhoghar 2021, agus ar com-pàirtichean eile ann an LearnGaelic, riochdaire roinnean Ceilteach oilthigean Ghlaschu, Dhùn Èideann agus Obar Dheathain, agus Bòrd na Gàidhlig. Tha sinn a' toirt taing do na com-pàirtichean sin uile, agus feadhainn eile leithid Sgrion Alba agus Co-chòrdadh Riochdairean Cinema agus Telebhisean, agus do gach neach a bha ag obair far-sgrion no air-sgrion

airson buannachd ar luchd-amhairc, airson an obair chruaidh, an dìcheall, an tàlant agus am proifeiseantachd. Tha luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig aig cridhe na cùise: is e urram a tha ann dhuinne a bhith gur frithealadh air fad.

Mu dheireadh, bu mhath leam taing a thoirt do luchd-obrach agus bòrd MG ALBA airson an sìor dhìlseachd agus an dealas. Tha mi a' toirt iomradh gu sònraichte air an t-seann Stiùiriche Ionmhais againn Niall Greumach, a leig dheth a dhreuchd an dèidh 29 bliadhna de sheirbheis sa Ghearran 2021. Agus tha mi a' cur fàilte air Nevil Lee mar

Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail, a thuilleadh orrasan a thòisich às ùr, Choirstaidh NicArtair agus Ross Christie agus air Katie NicAonghais agus Rona Mhoireasdan a thòisich còmhla rinn aig deireadh na bliadhna ionmhais. Tha iad uile àrd-amasach, àrd-bhrosnaichte agus air leth dìcheallach, feartan a dh'fheumar gus cùrsa soirbheachail san àm ri teachd a stiùireadh airson seirbheisean meadhanan Gàidhlig.



10

brand and language progression framework, which we hope will be the catalyst for a significant boost to Gaelic learning at home and abroad. You can read more about SpeakGaelic on page 40.

Another exciting development will be the launch of the Càrn project, which will aggregate and amplify Gaelic digital and social media content, from multiple sources. This will create a continuum of media experience for users of Gaelic and will build audiences for new and emerging voices.

In the year ended, the leadership team embarked on a change programme which will be extended to other colleagues in this financial year. As a media organisation with roots in traditional broadcasting, MG ALBA must embrace change proactively and rapidly. It is essential that we, as an organisation, are representative of those we seek to serve, and in the months and years ahead we will make the necessary transformation. This will include clear commitments to carbon reduction, diversity and inclusion, smart or agile workflows, and the creation of new work practices and partnerships which will aim to make MG ALBA's

workplace even more of an asset for the community.

In addition to our role in Gaelic media, MG ALBA has a leadership role in embedding digital solutions in the fulfilment of the national plan for Gaelic, under the Faster Rate of Progress initiative. This involves working with partners in an agency-fluid manner, and we thank Highlands and Islands Enterprise, Skills Development Scotland, Creative Scotland, Comhairle nan Eilean Siar, local partners and others who are joining with us in this work.

Thanks

I would like to thank the Scottish Government for their unstinting financial and motivational support as well as our key partner, the BBC. While we may not always agree, the partnership is characterised by goodwill and a practical determination to be resourceful and innovative with the limited funds – in broadcasting terms – at our collective disposal.

I would like to thank Sabhal Mòr Ostaig, who joined with us both to create the SpeakGaelic project which will come on-stream in Autumn 2021, and our other partners in LearnGaelic,

the representative of the Celtic departments of Glasgow, Edinburgh and Aberdeen universities, and Bòrd na Gàidhlig. We thank all those partners, and others such as Screen Scotland and the Producers Alliance for Cinema and Television, and each and every person who worked off-screen or on-screen for the benefit of our audiences, for their hard work, dedication, talent and professionalism. Viewers and users of Gaelic media are at the heart of what we are about: it is a privilege for us to be able to serve each and every one of you.

Finally, I would like to thank the staff and board of MG ALBA for their unstinting loyalty and dedication. I mention in particular our former Director of Finance Neil Graham, who retired after 29 years' service in February 2021. And I welcome as Interim Director of Finance Nevil Lee, as well as and other new joiners Kirsty McArthur and Ross Christie, as well as Katie MacInnes and Rona Morrison who joined us following the year end. All are highly ambitious, strongly motivated and extremely hard working, characteristics that are going to be required to navigate a successful future course for Gaelic media services.

Lèirmheas Ghnìomhan & Ghnothaichean

Is e dleastanas reachdail MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgachte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim faotainn airson luchd-amhairc.

Bidh MG ALBA a' coileanadh an dleastanas seo gu sònraichte tro BhBC ALBA, an t-seirbheis lèir-chlaistinneach ioma-ùrlair a tha e a' ruith ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Tha Aonta Laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na goireasan agus am maoin a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' cho-bhanntachd air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd, le Àrd-Oifigear MG ALBA sa chathair.

AM BÒRD & COMATAIDHEAN

Ann an 2020-21, choinnich Bòrd MG ALBA seachd tursan le Ailean Dòmhnallach sa Chathair.

Am measg nam prìomh raointean ris an do dhèilig am Bòrd bha:

- Ro-innleachd còig bliadhna, Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig còig bliadhna, Plana Corporra 2021-24, agus Plana Obrachaidh 2021-22, a' gabhail a-steach structar agus tuarastal luchd-obrach;
- solar agus maoin eachadh meadhanan seirbheis poblach Gàidhlig san àm ri teachd;
- cunntachalachd do, agus com-pàirteachadh le, prìomh luchd-ùidh, nam measg Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA;
- riaghladh, a' gabhail a-steach riarachadh agus aontaidhean ionmhasail, ag ath-sgrùdadh phoileasaidhean, a' beachdachadh agus ag aontachadh na h-Aithisg Bhladhna, aithisgean Slàinte & Sàbhailteachd agus Àrainneachd, agus a' sgrùdadh aithisgean ràitheil a' gabhail a-steach riaghladh riosg, toraidhean ionmhasail, KPlan, HR agus dèanadas seirbheis mheadhanan;
- beachdachadh air aithisgean Cathraichean Chomataidhean;

- ag ath-sgrùdadh prìomh ghnèithean susbaint a' gabhail a-steach spòrs agus dràma; agus am Plana Obrachaidh airson na bliadhna a tha romhainn; agus
- atharrachadh structar comataidhean a' Bhùird.

Bheachdaich am Bòrd cuideachd air a' phròiseact ùr SpeakGaelic agus choinnich iad ri com-pàirtichean craolaidh bhon taobh a-muigh.

Rinn buill a' Bhùird trèanadh *On Board* airson buill neo-ghnìomhach.

Choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh ceithir tursan ann an 2020-21 le Donaidh Macamhlaigh sa Chathair. Bheachdaich a' Chomataidh air:

- aithisg an Luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh do na Buill air na h-aithrisean ionmhasail;
- na toraidhean ionmhasail ràitheil, KPlan agus clàr nan riosgan;
- toraidhean sgrùdadh in-thaigh air èifeachdas a' Bhùird;

- ùrachadh poileasaidh, a' gabhail a-steach Còd Giùlain nam Ball, Gnàth-riaghailtean, Sgeama Tiomnachaidh is Rianachd agus Riaghailtean Ionmhasail;
- planadh leantainneachd ghnothachais;
- clàr-ama ùrachadh solair airson cùmhnantan solar seirbheis MG ALBA;
- aithisgean gèillidh air poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd agus Àrainneachd;
- obair tòiseachaidh air Frèam Dearbhaidh airson MG ALBA.

Rinn buill na Comataidh trèanadh *Effective Audit Committee*.

Choinnich a' Chomataidh Inbhean trì tursan ann an 2020-21 le Iain Stephen Moireasdan sa Chathair. Bheachdaich a' Chomataidh air:

- aithisgean ràitheil air telebhisean, iPlayer, meadhanan sòisealta agus coimhead air-loidhne air susbaint mheadhanan Gàidhlig, a' gabhail a-steach ruigsinneachd, luachadh agus dol an sàs;



11

Activities & Business Review

The statutory remit of MG ALBA is to ensure audiences are provided with a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic.

MG ALBA fulfils this remit principally through BBC ALBA, the multiplatform audio-visual service which it operates in partnership with the BBC. MG ALBA and the BBC have entered into a Collaboration Agreement that sets out the terms on which the two organisations operate and fund BBC ALBA. The partners have established a Joint Management Board, chaired by the Chief Executive of MG ALBA.

BOARD & COMMITTEES

In 2020-21, the MG ALBA Board met on seven occasions under the chairmanship of Allan MacDonald.

The main areas addressed by the Board included:

- a five-year strategy, Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media, Corporate Plan 2021-24, and Operational Plan 2021-22, including staffing structure and remuneration;
- future provision and funding of Gaelic public service media;
- accountability to, and engagement with, key stakeholders, including Ofcom, the Scottish Government and the UK Government;
- governance, including financial allocations and approvals, reviewing policies, considering and approving the Annual Report, Health & Safety and Environmental reports, and examining quarterly reports including risk management, financial results, KPIs, HR and media service performance;
- considering the reports of Committee Chairs;
- reviewing key content genres including sport and drama; and the Operational Plan for the forthcoming year; and
- the alteration of the Board's committee structure.



12

The Board also considered the new SpeakGaelic project and met with external broadcast partners.

Members of the Board undertook *On Board* training for non-executives.

The Audit & Assurance Committee met on four occasions in 2020-21 under the chairmanship of Donnie Macaulay. The Committee considered:

- the external Auditors' report to the Members on the financial statements;
- the quarterly financial results, KPIs and the risk register;
- results of internal audit on Board effectiveness;
- policy renewal, including Members' Code of Conduct, Standing Orders, Scheme of Delegation and Administration and Financial Regulations;
- business continuity planning;
- procurement renewal timetable for MG ALBA's service provision contracts;

- compliance reports on Health & Safety and Environmental policy;
- initial work on an Assurance Framework for MG ALBA.

Members of the Committee undertook *Effective Audit Committee* training.

The Standards Committee met on three occasions during 2020-21 under the chairmanship of Iain Stephen Morrison. The Committee considered:

- quarterly reports on television, iPlayer, social media and online viewing of Gaelic media content, including reach, appreciation and engagement;
- content and skills strategy and investment for the three years 2021 to 2024;
- digital engagement strategy for audiences; and
- MG ALBA's Gaelic language policy.

The Committee held its last meeting in November 2020.

- ro-innleachd subsaint agus sgilean agus seilbheachd airson nan trì bliadhna 2021 gu 2024;
- ro-innleachd conaltraidh didseatach airson luchd-amhairc; agus
- poileasaidh cànan Gàidhlig MG ALBA.

Chùm a' Chomataidh a' choinneamh mu dheireadh aca san t-Samhain 2020.

Choinnich Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean ùr trì tursan ann an 2020-21 le Iain Stephen Moireasdan sa Chathair, leis an dleastanas comhairle a thoirt don Bhòrd mu bhith a' riarachadh ghoireasan MG ALBA do shusbaint meadhanan Gàidhlig, sgilean agus com-pàirteachadh, a bhith a' cumail sùil air agus ag atharrachadh buidseatan taobh a-staigh nan crìochan a tha ùghdarraichte leis a' Bhòrd, gus slatan-tomhais soirbheachaidh a shuidheachadh agus beachdachadh air coileanadh agus buaidh nam meadhanan Gàidhlig. Tha a' Chomataidh cuideachd a' toirt comhairle don Bhòrd mu chom-pàirteachasan ro-innleachdail agus mu dhàimhean bhon taobh a-muigh.

Bheachdaich a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean air:

- planaichean airson subsaint, sgilean, rannsachadh agus dol an sàs agus ionmhas airson 2021 gu 2024;
- am plana-obrach aca airson 2021-22 a' gabhail a-steach plana Gàidhlig na buidhne agus coimiseanadh measadh buaidh eaconamach; agus



- buidseatan agus dèanadas, a' gabhail a-steach KPIan.

Chaidh Comataidh nan Cathraichean a chur an àite na Comataidh Ainmeachaidh, agus tha am ballrachd air a dhèanamh suas de Chathraichean gach Comataidh agus Cathraiche a' Bhùird. Is e dleastanas Comataidh nan Cathraichean comhairle a thoirt don Bhòrd air poileasaidhean ballrachd agus luchd-obrach, a' gabhail a-steach planadh leantainneachd bhall, poileasaidhean fastaidh, cosnadh agus tuarastail. Choinnich Comataidh nan Cathraichean dà uair ann an 2020-21 far an do bheachdaich a' Chomataidh air leasachadh proifeasanta buill a' bhùird, plana luchd-obrach agus poileasaidh tuarastail airson 2021-22, a' gabhail a-steach sgeama peinnsein tabhartais comharraichte na buidhne, agus cùisean cudromach HR, agus ullachadh airson cluainean tràth air adhbharan slàinte an Stiùiriche Ionmhais.

GNÌOMHAN ÙRA SÒNRAICHTE

Bha MG ALBA ag obair fad na bliadhna aig astar, le dìreach dithis no trì uir den luchd-obrach air am meas riatanach airson a bhith ag obair aig oifisean na buidhne. Bha leantainneachd libhrigeachd seirbheis agus càileachd air a chumail suas fad na h-ùine. Anns a' bhliadhna, libhrig sgiobaidhean obrachaidh agus prògramaidh na seanail 56 uair a thide de cheangalan agus mu 315 uair a thide de stuth mheadhanan a bha air a dhearbhadh tro sgrùdadh teicnigeach gu robh e deiseil airson a chur a-mach air an t-seanail, a thuilleadh air a bhith a' toirt taic do riochdachaidhean agus tachartasan leithid FilmG. Chaidh an t-susbaint air fad a riochdachadh agus a libhrigeachd mar shusbaint HD. A thuilleadh air an sin, chruthaich sgiobaidhean an Aonad Dhidseataich agus Ionnsachaidh 5,044 mionaid de shusbaint ann an cruth goirid airson BBC ALBA agus meadhanan sòisealta LearnGaelic agus seanailean meadhanan didseatach.

Leasaich an Sgioba Àrd-stiùiridh agus am Bòrd sreath de phrìomhachasan airson nan còig bliadhna 2021-22 gu 2026-27 gu h-in-ghabalach, agus thug iad sin don Roinn Didseatach, Cultar, na Meadhanan agus Spòrs airson beachdachadh orra ann an co-theacs rèiteachadh a' Chis Chraolaidh airson 2022 gu 2027. Thèid Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig còig-bliadhna fhoillseachadh as t-Samhradh 2021.



A new Content, Skills & Engagement Committee, met on three occasions in 2020-21 under the chairmanship of Iain Stephen Morrison, with the remit of advising the Board on the allocation of MG ALBA's resources to Gaelic media content, skills and engagement, to monitor and vary budgets within the limits authorised by the Board, to set success criteria and to consider Gaelic media performance and impact. The Committee also advises the Board on strategic partnerships and on external relationships.

The Content, Skills & Engagement Committee considered:

- plans for content, skills, research and engagement and finances for the period 2021 to 2024;
- its work plan for 2021-22 including the company's Gaelic plan and the commissioning of an economic impact assessment; and
- budgets and performance, including KPIs.

The Nominations Committee was replaced by the Chairs' Committee, the members of which are the Chairs of each of the committees and the Board Chair. The remit of the Chairs' Committee is to advise the Board on membership and staff policies, including board member succession planning, recruitment, employment and remuneration policies. The Chairs' Committee met twice during 2020-21 where the Committee discussed the professional development of board members, workforce plan and remuneration policy for 2021-22, including the company's defined contribution pension scheme, and significant HR matters, including arrangements for early retirement on health grounds of the Director of Finance.

SIGNIFICANT NEW ACTIVITIES

MG ALBA worked for the entire year on a remote basis, with only two or three staff deemed essential for working on the company premises.

Continuity of service delivery and quality was maintained at all times. In the year, MG ALBA's channel operations and presentation teams delivered 56 hours of junctions and around 315 hours of broadcast-compliant media to BBC ALBA payout, as well as supporting productions and events such as FilmG. All material was produced and delivered as HD content. In addition, the Digital Hub and Learning teams created or versioned 5,044 minutes of short-form content for BBC ALBA and LearnGaelic social media and digital media channels.

Senior management and the Board developed a series of priorities for the five years 2021-22 to 2026-27 inclusive, and presented those to the Department of Digital, Culture, Media and Sport for consideration in the context of the Licence Fee settlement for 2022 to 2027. A five-year Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media will be published in Summer 2021.

Stèidhich MG ALBA pròiseact le Sabhal Mòr Ostaig agus am BBC airson dealbhadh, cruthachadh agus lìbhrigeadh tairgse ionnsachaidh cànan Gàidhlig ùr ann an seòmraichean-clas, air-loidhne, air na meadhanan sòisealta agus thar sheirbheisean craolaidh. Thèid am brannd ùr, SpeakGaelic, a chur air bhog san t-Sultain 2021. Tha am pròiseact air a mhaoineachadh le tabhartas a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba, tabhartas bho Bhòrd na Gàidhlig, riarachadh ghoireasan a-staigh agus maoineachadh bho MG ALBA, am BBC agus Sabhal Mòr Ostaig.

Leis a' ghnìomhachas craolaidh a' gluasad gu ruige susbaint lèir-choltachaidh le stòras sgòth-dhidseataich agus riochdachaidh, tha MG ALBA a' cumail suas ri na h-atharrachaidhean seo, a' toirt a-steach siostaman IP stèidhichte air lìonra, a ruitheas taobh ri taobh ri siostaman traidiseanta.

Tha sruthan-obrach fèin-obrachail airson atharrachadh agus lìbhrigeadh stuthan bhidio gu seanailean ùra air an cur an sàs ann an libhrigeadh ioma-ùrlair.

MAOINEACHADH

Tron bhliadhna, cheadaich tuilleadh maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba de £780,000 seilbheachd a bharrachd ann am prògraman, pròiseact ùr SpeakGaelic agus trèanadh airson com-pàirtichean FilmG. Tha na pasgain fhad-ùine san deachar an sàs ann an 2017-18 a' leantainn le bhith nan cnàimh-droma do chlàr BhBC ALBA, a' solarachadh 94% de nuadh-phrògraman maoinichte le MG ALBA a chaidh a chraoladh tron bliadhna. Chaidh na cùmhnantan sin a-mach gu ath-thairgse agus chaidh cùmhnantan ùra aontachadh airson teirm trì bliadhna a' tòiseachadh 1 Iuchar 2021.

DÈANADAS IONMHASAIL & OBRACHAIDH

Ann an 2020-21 chosg MG ALBA £8.8m gu dìreach le 22 diofar chompanaidhean riochdachaidh ann a bhith a' cruthachadh 433 uairean a thide de phrògraman. Den sin, chaidh £8.1m chun na roinne riochdachaidh neo-eisimeilich, mòran dheth an cois pasgan de nithean a bhrosnaicheadh leasachadh tàlant, sgilean agus a' Ghàidhlig.


Chunnacas sa bhliadhna teachd-a-steach airson MG ALBA de £13.2m

(2020: £13.1m), le £13.0m (2020: £12.9m) a' tighinn bho thabhartas-gus-cuideachadh Riaghaltas na h-Alba agus £0.2m (2020: £0.2m) bho mhaoin phròiseict agus theachd a-steach airson seirbheisean agus goireasan.

San Aithris air Teachd-a-Steach lomlan aig deireadh na bliadhna bha còrr an dèidh chisean ann de £787k an coimeas ri còrr de £41k ann an 2020. Tha an còrr seo a' sealltainn dàil ann an comas MG ALBA prògraman a sholarachadh ag èirigh bho chùisean co-cheangailte ri Covid-19. Tha am Plana Obrachaidh 2021-22 a' ro-aithris gun tèid an còrr seo a chosg ann an 2021-22.

Tha an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail aig deireadh na bliadhna a' sealltainn gun robh stoc phrògraman no prògraman a bhathar ag ullachadh de luach £4.1m (2020: £3.3m) agus cùl stòr de £886k (2020: £190k), le chèile a rèir poileasaidh. Tha gealltanasan de £7.9m thar trì bliadhna cuideachd ri fhaicinn am-bliadhna. Tha iad seo a' riochdachadh sa mhòr-chuid cunnraidhean solar phrògraman ioma-bhliadhna a chaidh aontachadh gu 2024.

16



MG ALBA established a project with Sabhal Mòr Ostaig and the BBC for the design, creation and delivery of new Gaelic language learning offer in classrooms, online, on social media and across broadcast services. The new brand, SpeakGaelic, will launch in September 2021. The project is funded by additional grant from the Scottish Government, grant from Bòrd na Gàidhlig, internal allocation of resources and funding by MG ALBA, the BBC and Sabhal Mòr Ostaig.

As the broadcast industry moves towards virtualised content with cloud-based storage and production, MG ALBA kept track with the pace of change, introducing IP network-based systems to complement traditional systems. Automated workflows for versioning and transcoding are deployed for multi-platform delivery.

FUNDING

During the year additional funding of £780,000 was received from the Scottish Government towards programming, the new SpeakGaelic project and training for FilmG participants. The long-term volume deals entered into in 2017-18 continued to provide the backbone of the BBC ALBA schedule, supplying 94% of MG ALBA funded original hours broadcast in the year. Those deals were subject to a re-tender and new awards for a three-year term commencing 1 July 2021 were agreed.

FINANCIAL & OPERATIONAL PERFORMANCE

In 2020-21 MG ALBA spent £8.8m directly with 22 different production companies on the creation of 433 hours of programmes. Of that, £8.1m was spent with the independent production sector, much of it in tandem with a package of measures intended to foster the development of talent, skills and Gaelic language.

The year saw income for MG ALBA of £13.2m (2020: £13.1m), of which £13.0m (2020: £12.9m) came from Scottish Government grant-in-aid and £0.2m (2020: £0.2m) came from project funding and charges for services and facilities.



17

The end-of-year Statement of Comprehensive Income reported a surplus after taxation of £787k compared with a surplus of £41k in 2020. This surplus reflects delays in MG ALBA's ability to procure programming arising from issues surrounding Covid-19. The Operational Plan 2021-22 forecasts that this surplus will be spent in 2021-22.

The end-of-year Statement of Financial Position shows programmes in stock or in production of £4.1m (2020: £3.3m) and year end cash reserves of £886k (2020: £190k), both in line with policy. Future commitments of £7.9m over three years are also disclosed this year. These represent mainly multi-annual programme supply contracts agreed up until 2024.

18



Prìomh Chomharran Dèanadais

Key Performance Indicators

KPI	Slat-tomhais	Targaid	2020/21	+
Ruigse	Ruigse seachdaineil an luchd-amhairc Gàidhlig Ruigse seachdaineil an luchd-amhairc Nàiseanta Tùsan: TRP/TNS*	60% 10%	59% n/a	▲
Ruigse	Seallaidhean susbaint iPlayer	4.0m	4.1m	▲
Ruigse	Seallaidhean susbaint goirid	5.4m	3.2m	▼
Dol an sàs	Dol an sàs sna meadhanan sòisealta	+25%	-39%	▼
Càileachd	Luachadh an luchd-amhairc Gàidhlig (/10) Luachadh an luchd-amhairc nàiseanta (/10) Tùsan: TRP/TNS	8.0 7.0	8.6 n/a	▲
Luach	Co-mhaoineachadh treas-phàrtaidh phrògraman	£1m	£1.3m	▲
Com-pàirteachas	FilmG: Filmichean air an cur a-steach	90	104	▲
Buaidh	Mothachadh nàiseanta mu BBC ALBA Tùs: TNS	80%	n/a	▲
Còrdadh	Aonta an luchd-amhairc le ro-innleachd (/10) Tùs: TRP	8.3	8.4	▲
Ionnsachadh	Luchd-cleachdaidh LearnGaelic fa leth gach mìos	+10%	+26%	▲
Càileachd	Duaisean airson susbaint BBC ALBA	6	2	▼

*TRP Research às leth MG ALBA
Kantar TNS Scottish Opinion Survey

KPI	Metric	Target	2020/21	+
Reach	Gaelic weekly TV reach National weekly TV reach Sources: TRP/TNS*	60% 10%	59% n/a	▲
Reach	i-Player content views	4.0m	4.1m	▲
Reach	Short-form content views	5.4m	3.2m	▼
Engagement	Social media engagement	+25%	-39%	▼
Quality	Gaelic audience appreciation (/10) National audience appreciation (/10) Sources: TRP/TNS	8.0 7.0	8.6 n/a	▲
Value	3rd party programme co-finance	£1m	£1.3m	▲
Participation	FilmG film entries	90	104	▲
Impact	National awareness of BBC ALBA Source: TNS	80%	n/a	▲
Approval	Audience agreement with strategy (/10) Source: TRP	8.3	8.4	▲
Learning	LearnGaelic unique users per month	+10%	+26%	▲
Quality	Awards for BBC ALBA content	6	2	▼

*TRP Research on behalf of MG ALBA
Kantar TNS Scottish Opinion Survey

Lèirmheas BBC ALBA

Mar a bha fìor airson a h-uile meadhan craolaidh ann an 2020-21, chruthaich galar Covid-19 iomadh dùbhlán. A dh'aindeoin sin, thug sùbailteachd agus ùr-ghnàthachadh solaraidhean agus luchd-obrach com-pàirteachaidh na seanail – a bha cha mhòr uile stèidhichte aig an taigh tron bhliadhna – comas air susbaint brìoghmhor, luachmhor a libhrigeadh, a' dèanamh cinnteach gun robh luchd-amhairc BBC ALBA fiosraichte, foghlamaichte agus fèisichte aig ùine de dhuilgheadas mhòr do choimhearsnachdan agus do dhaoine fa-leth.

Chunnacas am-bliadhna seallaidhean iPlayer BBC ALBA a' dol suas 3.5% bliadhna-air-bliadhna gu 4.05m. Mheudaich ruigsinneachd luchd-amhairc Gàidhlig 3% bliadhna-air-bliadhna gu 59%.

Mheudaich figearan luachaidh luchd-amhairc Gàidhlig BBC ALBA (8.6/10 an coimeas ri 8.5/10 sa bhliadhna ron sin). Mheudaich an ùine a chaidh a chuir seachad a' coimhead 7% cuideachd.

Coltach ri mòran bhuidhnean, thug an galar briseadh mòr air rannsachadh luchd-amhairc nàiseanta BBC ALBA. Bha tomhas stèidhichte air suirbhidhean

aghaidh-ri-aghaidh, a stad aig toiseach a' ghalair. Bhon uair sin tha sinn air a bhith a' feuchainn roghainnean eile.

Thug Covid-19 buaidh air ruigsinneachd is conaltradh nam meadhanan sòisealta, gu sònraichte Twitter, le gainnead de thachartasan beò, leithid spòrs. Ach thàinig àrdachadh mòr air àireamhan Instagram ge-tà.

A thuilleadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu robh luchd-amhairc fiosraichte tro Naidheachdan is Cùisean Làitheil, dh'fheuch an t-seanail ri amannan coitcheann a libhrigeadh agus dèanamh cinnteach gun robh an t-seanail

Sheall Instagram fàs làidir thar na bliadhna

Instagram showed strong growth across the year

19



BBC ALBA Review

As was the case for all broadcast media in 2020-21, the Covid-19 pandemic created innumerable challenges. Despite these, the flexibility and innovation of the channel's suppliers and partnership staff – almost all of whom were home-based throughout the year – enabled the ongoing delivery of meaningful, valued content, ensuring that BBC ALBA audiences were informed, educated and entertained at a time of significant difficulty for communities and individuals.

The year saw BBC ALBA iPlayer views increase 3.5% year-on-year to a total of 4.05m requests. Gaelic audience reach increased 3% year-on-year to 59%.

BBC ALBA's Gaelic audience appreciation figures were directionally up (8.6/10 compared to 8.5/10 in the previous year). Time spent viewing also increased 7%.

Like many organisations, audience research on BBC ALBA's national audience was significantly disrupted by the pandemic. Measurement had made use of face-to-face surveying, which stopped at the start of the pandemic. Since then we have been trialling alternatives.

Social media reach and engagement, particularly Twitter, were impacted by the disruption of live events, including sports, due to Covid-19. Instagram however grew significantly.

As well as ensuring audiences were informed through News and Current Affairs, the channel sought to deliver communal moments and

over 70 new content creators; and the start of the digital-only women's sports show, 360 (Nemeton). Other highlights included the video performance of Thoir Dhomh do Làmh within *Cèilidh na Bliadhna Ùire* (BBC Gàidhlig), which brought together over 300 singers and 32 choirs from across the globe, and BBC ALBA's feat as the first UK broadcaster of live sport post-first



Mheudaich ruigsinneachd luchd-amhairc Gàidhlig 3% bliadhna-air-bliadhna gu 59%

Gaelic audience reach increased 3% year-on-year to 59%

ensure the audience saw themselves and their experiences reflected, wherever they were and however they preferred to consume content. These and other initiatives prompted a series of innovations over the year: the launch of BBC ALBA YouTube; *a-staigh*, which saw 140 user generated films created by a pool of

lockdown, with women's Bundesliga games in May 2020.

Versatility and innovation were key across all genres.

From Easter 2020's *Peat and Diesel* moment – which saw a 90-minute documentary and an hour-long



21

Studios). Thug seo cothrom do luchd-ciùil – coimhearsnachd air an robh droch bhuaidh aig cuingealachaidhean Covid-19 – co-obrachadh ciùil a chruthachadh le luchd-ciùil bho air feadh an t-saoghail, agus chuir e ris an àrdachadh sa cheòl a bha ri fhaighinn air na meadhanan sòisealta aig a' chiad ghlasadh as t-Earrach 2020. *"The Ceòl aig Baile series hosted by Julie Fowlis is easily one of the best things to come out of lockdown. It's just folk kicking about in their house but the talent is ridiculous."* (Twitter)

Chunnacas com-pàirteachasan adhartach air feadh na bliadhna. Nam measg bha *Fèis Rois: Bheir Dhomh am Fonn*, *Fèis Ciùil Thiriodh: Air Chuairt*, *Ceòlas 2020*, agus *Tide Lines 2020: Air Chuairt* (uile stiùidio Beezr). Bha *Belladrum 2020: Air Chuairt* (Beezr Studios) a' taisbeanadh na fèise thar trì uairean a thide a' toirt an luchd-amhairc còmhla tro na meadhanan sòisealta agus Tbh. Anns a' phrògram *The World Pipe Band Championships* (BBC Gàidhlig) bha

na sgàthan air beatha an luchd-coimhid, ge bith càite an robh iad agus ge bith mar a b' fheàrr leotha susbaint fhaighinn. Bhrosnaich na h-iomairtean seo sreath de innleachdan thar na bliadhna: foillseachadh BBC ALBA YouTube; *a-staigh*, a chunnaic 140 filmichean fèin-chruthaichte le buidheann de chòrr air 70 neach-cruthachaidh susbaint ùr; agus toiseach a' phrògram spòrs bhoireannach a bha a-mhàin ann an riochd didseatach, *360* (Nemeton). Am measg nam prìomh mhòmaidean eile bha am bhidio *Thoir Dhomh do Làmh taobh a-staigh Cèilidh na Bliadhna' Ùire* (BBC Gàidhlig), a thug còmhla còrr air 300 seinneadair agus 32 còisir bho air feadh na cruinne, agus mar a chaidh aig BBC ALBA a bhith mar a' chiad chraoladair san RA de spòrs beò an dèidh a' ghlasaidh, le geamannan Bundesliga bhoireannach sa Chèitean 2020.

Bha sùbailteachd agus ùr-ghnàthachadh follaiseach thairis air gach gnè.

Bho *Peat and Diesel* aig àm na Càisge 2020 – a chunnaic prògram aithriseach 90-mionaid agus cuirm-ciùil uair a thide bho MacTV, a thuilleadh air ceanglaichean in-sheallaidh bhon chòmhlàn – chaidh ceòl agus amannan ciùil a stèidheachadh mar phrìomh

eileamaidean de mar a b' fheàrr a b' urrainn do BhBC ALBA an luchd-amhairc a fhrithealadh agus a thaiseachadh. Chaidh am prògram aithriseach *Peat and Diesel: That's the Way we do it!* air adhart gus am Prògram Aithriseach Eadar-nàiseanta As Fheàrr a ghleidheadh aig Fèis Film is Ciùil Eadar-nàiseanta Williamsburg, Brooklyn.

Am measg dibhearsain ciùil bha am prògram ciùil eadar-nàiseanta *Julie Fowlis: Ceòl aig Baile* (Beezr



Alan Maxwell
@anthesprinter

As a bit of a folkie this "Ceol aig Baile" series hosted by Julie Fowlis on BBC Alba is easily one of the best things to come out of the lockdown. It's just folk kicking about in their house playing tunes but the talent is ridiculous.



BBC ALBA - Julie Fowlis | Ceòl aig Baile, Series 1, Episode 6
Sreath ciùil ùr le Julie Fowlis. Julie Fowlis presents a new music series.
bbc.co.uk

22

concert from MacTV, as well as in-vision links from the band – music and musical moments were established as key elements of how BBC ALBA could best serve and support audiences. The feature documentary *Peat and Diesel: That's the Way we do it!* went on to secure the title of Best International Feature Documentary at Williamsburg International Film and Music Festival, Brooklyn.

Musical entertainment included the international all-star music programme *Julie Fowlis: Ceòl aig Baile* (Beezr Studios). This provided musicians – a community affected particularly badly by Covid-19 restrictions – with the opportunity to create musical collaborations with counterparts from all around the world, and complemented the surge in musical expression on social media during the first lockdown of Spring 2020. *"The Ceòl aig Baile series hosted by Julie Fowlis is easily one of the best things to come out of lockdown. It's just folk kicking about in their house but the talent is ridiculous."* (Twitter).




23

Pioneering partnerships featured across the year. These included *Fèis Rois: Bheir Dhomh am Fonn*, *Tiree Music Festival: Air Chuairt*, *Ceòlas 2020*, and *Tide Lines 2020: Air Chuairt* (all Beezr Studios). *Belladrum 2020: Air Chuairt* (Beezr Studios) showcased the festival across three hours uniting the audience via social media and TV. The World Pipe Band Championships programme (BBC Gàidhlig) included archive performances from across the years. The series *Sruth* (Tain Media/Beezr Studios) explored the

deep connections between Irish and Scottish music and featured stunning collaborations between the very best musicians from either side of Struth na Maoile.

For Celtic Connections 2021, collaboration between BBC ALBA, production partner Beezr and the Celtic Connections team enabled BBC ALBA to complement the festival's online delivery. *Cuirm@Celtic* concerts were broadcast from Kelvingrove Museum and Art Gallery and the Royal Concert Hall, including performances from Duncan Chisholm and a tribute

24



cuirmean tasglainn bho air feadh nam bliadhnaichean. Rinn an t-sreath *Sruth* (Tain Media /Beezr Studios) sgrùdadh air na ceanglaichean domhainn eadar ceòl Èireannach agus Albannach agus bha co-obrachadh iongantach eadar an luchd-ciùil as fheàrr bho gach taobh de Struth na Maoile.

Airson *Celtic Connections 2021*, thug co-obrachadh eadar BBC ALBA, an com-pàirtiche riochdachaidh Beezr agus an sgioba Celtic Connections comas do BhBC ALBA cur ri libhrigeadh air-loidhne na fèise. Chaidh cuirmean *Cuirm@Celtic* a chraoladh bho Thaigh-tasgaidh agus Gailearaidh Ealain Kelvingrove agus an Talla Chonsairt Rìoghail, a' gabhail a-steach cuirmean bho Dhonnchadh Siosalach agus moladh do Mhurchadh MacPhàrlain bho chuid de na seinneadairean Gàidhlig as fheàrr. Ghabh còrr air 200 neach-ciùil pàirt ann an toradh BBC ALBA air feadh *Cuirm@Celtic* agus *Seirm*. Sa chraoladh de *Ceòladair Traidiseanta Òg na Bliadhna* aig BBC Radio Scotland chunnaic an luchd-amhairc prògraman den leth-chuairt dheireannach, agus a' chuairt dheireannach fhèin, co-chraoladh beò air an t-seanail agus air BBC Radio Scotland, agus air a libhrigeadh le Joy Dunlop agus Bruce MacGregor (BBC Gàidhlig).

Chaidh craoladh bliadhnail BBC ALBA den Mhòd Nàiseanta Rìoghail atharrachadh cuideachd. Anns a' phrògramadh bha taghadh de thaisbeanaidhean tasglainn, tagraidhean farpais ùra, agus chunnacas aodainn air an robhar eòlach thairis air còig oidhcheannan ann am Mòd 2020 (BBC Gàidhlig). Bha *Duaisean nan Trads 2020 MG ALBA* (Beezr Studios) cuideachd air an taisbeanadh le ùr-ghnàthachadh, a' toirt comas do neart agus sùbailteachd coimhearsnachd ciùil na h-Alba a bhith air aithneachadh. Bha *Cèilidh na Bliadhn' Ùire* (BBC Gàidhlig) a' nochdadh ceanglaichean beò bho Chathy NicDhòmhnaill ann an Glaschu agus Niall Iain Dòmhnallach ann an Steòrnabhagh, le cuirmean ciùil bhon Glenfinnan Ceilidh Band, Trail West, Sian, Peat & Diesel, am piobaire Alexander Campbell, agus an còisir cruinne air a

stiuireadh le Màiri Anna NicUalraig, a thuilleadh air aoighean thall thairis Cathy Ann Nic a' Phì agus Donnie 'Large' Dòmhnallach. Lean a bhith a' toirt seachad ùrlar airson saoghal ciùil indie na h-Alba, le *ALT* (Beezr Studios) ann an 2020. Cuideachd air BBC ALBA bha *Duaisean bliadhnail FilmG* – an turas seo air a chraoladh à Steòrnabhagh, le tabhartasan bho bhannaichean dhuaisean air feadh na dùthcha.

Aig toiseach na bliadhna ionmhais agus a' ghlaisidh, le clàr leasaidhe de shusbaint creideimh chaidh seirbheisean tasglainn de *Ar n-Aran Làitheil* (Tern) a thoirt chun luchd-amhairc. Am measg nam prògraman creideimh bha *Alleluia* (BBC Gàidhlig), nam measg clàran sònraichte aig àm na Nollaige, Didòmhnaich na Càisge 2020 agus prògram cuimhneachaidh airson 75mh ceann-bliadhna Latha VE.

Thàinig briseadh mòr air gach meur de spòrs tron bhliadhna. Bha prògraman co-chruinnichte agus geamannan clasaigeach nan cur-seachad bho thràth sa Ghiblean 2020 fhad 's a bha spòrs san RA na stad (Nemeton). B' e BBC ALBA a' chiad chraoladair saor-gu-adhair san RA air an deach susbaint spòrs beò a chraoladh le còig geamannan beò bhon Frauen Bundesliga (Nemeton).

Anns an Lùnastal 2020 thill spòrs de sheòrsa air choreigin ann an Alba, beò agus air a chuir an dàil, agus bha an craoladh a' gabhail a-steach geamannan sgioba nàiseanta bhoireannach na h-Alba airson nan *Euro Qualifiers*, agus an craoladh as fharsainghe gu ruige seo



25

de lìog nàiseanta nam ban, an SWPL. Mar chiad nì eile airson com-pàirteachas BBC ALBA bha 360, prògram-taisbeanaidh iris didseatach a-mhàin air a riochdachadh leis an tàlant ùr Iona Ballantyne agus a' cuimseachadh gu tur air spòrs bhoireannach (Nemeton air fad).

Chaidh seiseanan air LearnGaelic suas 40% gu 1.4m

Sessions on LearnGaelic were up 40% to 1.4m

Thill Bannan (Young Films) chun sgrion airson an t-seachdamh sreath le sgeulachd air leth, a fhuair mòran luachaidh bhon luchd-amhairc. Shoirbhich le Young Films cuideachd le bhith a' faighinn sgaoileadh airson Bannan air seirbheis SVOD Ameireaga a Tuath, MHz. Chaidh leasachadh a dhèanamh air gach cuid comadaidh is dràma, le beachdan taghte cuideachd a' faighinn taic leasachaidh bho Sgrion Alba. Chunnacas am prògram-panail aoireil *Siud agad E! 2020* (BBC Gàidhlig) ann an clàr Oidhche Challainn.

to Murdo MacFarlane from some of the finest Gaelic singers. Over 200 musicians took part in BBC ALBA's output across *Cuirm@Celtic* and *Seirm*. Coverage of the *BBC Radio Scotland Young Traditional Musician of the Year* included dedicated semi-final programming, and the final itself, simulcast as-live on the channel and BBC Radio Scotland, and hosted by Joy Dunlop and Bruce MacGregor (BBC Gàidhlig).

BBC ALBA's annual coverage of the Royal National Mòd also adapted. Programming saw a selection of archive performances, new competition entries, and Mod regulars featured over five nights in *Mòd 2020* (BBC Gàidhlig). The MG ALBA *Trad Awards 2020* (Beezr Studios) were also showcased with innovation, enabling the resilience and flexibility of Scotland's musical community to be recognised. *Cèilidh na Bliadhn' Ùire* (BBC Gàidhlig) featured live links from Cathy MacDonald in Glasgow and Niall Iain Macdonald in Stornoway, with music performances from The Glenfinnan Ceilidh Band, Trail West, Sian, Peat & Diesel, piper Alexander Campbell, and the global massed choir conducted by Mary Ann Kennedy, as well as overseas guests Cathy Ann MacPhee and Donnie 'Large' Macdonald. Providing a platform for the Scottish indie music scene, *ALT* (Beezr Studios) continued in 2020. BBC ALBA also featured the annual FilmG Awards – this time broadcast from Stornoway, with contributions from award winners across the country.

At the beginning of the financial year and lockdown, an enhanced schedule of religious content saw archive services of *Ar n-Aran Làitheil* (Tern) made available. Religious programming included *Alleluia* (BBC Gàidhlig), including specials at Christmas, Easter Sunday 2020 and a commemorative programme for the 75th anniversary of VE Day.

All sport was significantly disrupted during the year. Compilation programmes and classic games provided entertainment from early April 2020 while UK sport was at a standstill (Nemeton). BBC ALBA

26



Thug tagradh soirbheachail Sorbier Productions gu Maoin Susbaint Luchd-amais Òga BFI aig deireadh na bliadhna ionmhais 2020-21 comas tòiseachaidh airson sreath chloinne ùr scrìopte a dhèanamh airson na seanail, a' comharrachadh aon de na ceumannan as motha air adhart airson prògramadh chloinne air BBC ALBA bho chaidh a stèidheachadh.

Am measg prògramadh firinneach BhBC ALBA bha *Trusadh* (MacTV) far an d' fhuair prògraman fada ann an stoidhle leabhar-latha bho fheadhainn air an tug an galar buaidh ann an diofar dhòighean ann an *Sgeulachdan a' Ghlasaidh / Lockdown Diaries*. Lean 'Sweeny' (Dòmhnall MacSuain) a' toirt seachad ùrachaidhean bhon chroit ann an *An Lot* (MacTV). Sheall Trusadh cuideachd *Poaching* agus *Traditional Building Skills*, agus atharrachaidhean ann an traidisean litreachais le *Nuadh-Bhàrdachd* (MacTV air fad). Nochd prògraman aithriseach eile air BBC ALBA ann an 2020-21: *Air Iomall* (Solus), turas cineamataig agus ciùil gu Hiort agus na h-Eileanan Flannach, agus *An Taigh-Fuine* (MacTV), sreath a thug sealladh air buidheann aithnichte sna h-Eileanan an Iar, Taigh-fuine Mhicllleathain. Ann an *Colin MacLeod: An Ceòl* (MacTV), bha an seinneadair Cailean MacLeòid a' toirt dhuinn sealladh air mar a bha e a' cothromachadh beatha croitearachd

le a dhreuchd. Chuimhnich *Cearcaill Ceò* (Corran Media) air sgeulachdan nan càraichean ann an Leòdhas anns na 1970an, agus rannsaich *Ceòl na Loidhne* (Sgeul Media) cò às a thàinig Loidhne na Gàidhealtachd an Iar ann an cuideachd an neach-ciùil Ingrid NicEanraig. Ann an *Trusadh: An Geamhradh* fhuair sinn iomradh air geamhradh an Inne Gall, agus fhuair sinn eòlas air a' mhaighdeann-mhara Kate NicLeòid, a nochd an dèidh sin san t-sreath ghoirid aice fhèin, a' sgrùdadh oirthirean iar-dheas Leòdhais ann am *Miann na Maighdinn-Mara* (MacTV). Thug *Iorram* (Bofa Productions), film aithriseach fada thugainn clàran tasglainn de luchd-labhairt Gàidhlig ag aithris an sgeulachdan iasgaich agus bha e ri fhaighinn a-mhàin air BBC ALBA mus deach a thaisbeanadh aig Fèis Film Ghlaschu.

Bha cunntasan pearsanta làidir bho dhaoine fa leth a dh'fhuiling droch thinneas an cronail a' nochdadh gu cumhachdach, nam measg D. K. Mac a' Phì a rinn mineachadh air an t-strì aige ann an *Dystonia: Beatha air Fhiaradh* (Sgeul Media), agus *Lipoedema: Sgeulachd Lorna* (Sorbier Productions). Chaidh slàinte inntinn anns na h-ealain a sgrùdadh ann an *Ceòl is Cradh* (Sgeul Media), le fianaisean bho luchd-ciùil a' roinn an eòlasan fhèin ann an gnìomhachas a' chiùil. Chunnac *God Save the*

Quine (HG Productions) mòran den luchd-ciùil boireann as ainmeil ann an Alba a' toirt am beachdan air gnìomhachas a tha gu tric fo smachd fhireannach. Bha boireannaich ann an spòrs a' nochdadh ann am *Boireannaich Iarainn* (Purple TV), a dh'innis sgeulachd mu bhoireannaich ann an goilf tro eachdraidh, agus ann an *Na Boireannaich a Thog Glasgow City* (Purple TV), a rinn aithris air an dithis air cùlaibh aon de na sgiobaidhean ball-coise bhoireannach as làidire ann an Glaschu. Bha sgeulachdan pearsanta – inntinn is bodhaig – aig cridhe oidhirp Niall Iain Dhòmhnallaich gus an Cuan Siar iomradh ann an NY2SY (Moja Earranta) agus thug sinn sùil air iomairt Mhìcheal Klevenhaus gus faighinn a-mach dè a bh' air cùlaibh brosnachaidhean falaichte Gàidhlig Beethoven ann an *Òrain Ghàidhlig Beethoven* (Blue & Green Communications/Caledonia TV).

Bha fòcas air daoine agus àite a' tabhann susbaint bheairteach, leithid *Na Tirisdich* (Corcadal Productions) ann an Tiriodh agus *Eilean Chanaigh* (Midas Media). Bha am prògram *Solus: Margaret Fay Shaw of Canna* (Urras Nàiseanta na h-Alba) a' nochdadh beatha an neach-cruinneachaidh dualchais ainmeil le dealbhan pearsanta, filmichean agus clàraidhean.

Am measg na chaidh a cheannach no fhaighinn a-staigh bha *Am Bronntanas* (ROSG/De Facto Films), *Màthair agus Éalú as Èirinn* (na dhà bho Macha Media), a bharrachd air dràma à Nirribhidh *Twin* agus *State of Happiness* (an dà chuid NRK). Am measg nam prògraman aithriseach a chaidh an ceannach a-staigh bha *Alaskan Pipeline*, *Clint Eastwood*, *Charley Pride*, *Bill W*, *The Queen's New Guard*, agus *Isles of the Queen*.

Ann am Dibhearsain Firinneach, thill *Fuine* agus *Dealbhan Fraoich* (Caledonia TV), a bharrachd air cruthan siubhail ùra le *Wild Atlantic Way* (Mast-Àrd) le Anne Lundon air costa an iar na h-Èireann, agus *Na Fir Chlis* (Caledonia TV), le Ramsay MacMahon ann an Innis Tile, a bharrachd air na tachartasan deireadh-seachdain aige ann an *Mach à Seo* (Caledonia TV). Fhad 's a



27



28

became the first free-to-air UK broadcaster to screen live sports content with five live games from the Frauen Bundesliga (Nemeton).

August 2020 saw a return to some form of sports in Scotland, live and deferred, and coverage included the Scotland women's national team's fixtures for the Euro Qualifiers, and the most extensive coverage to date of the domestic women's league, the SWPL. Another first for the BBC ALBA partnership came in the form of 360, a digital-only magazine show presented by new talent Iona Ballantyne and focussing entirely on women's sport (all Nemeton).

Bannan (Young Films) returned to screens for its seventh series with an explosive storyline, which generated significant audience appreciation.

Young Films also succeeded in obtaining distribution for *Bannan* on the North American SVOD service, MHz. Development for both comedy and drama was undertaken, with selected ideas also receiving development support from Screen Scotland. Satirical one-off panel show *Siud agad E! 2020* (BBC Gàidhlig) featured in the Hogmanay schedule. Sorbier Productions' successful bid to the BFI's Young Audiences Content Fund at the end of the 2020-21 financial year enabled the green light for the production of a new scripted live action children's series for the channel, marking one of the biggest steps forward for children's programming on BBC ALBA since its inception.

BBC ALBA's factual programming included *Trusadh* (MacTV)'s long form diary-style programming from those



29

affected by the pandemic in different ways in *Sgeulachdan a' Ghlasaidh / Lockdown Diaries*. 'Sweeny' (Donald MacSween) continued to provide updates from the croft in *An Lot* (MacTV). Trusadh also featured *Poaching and Traditional Building Skills*, and changes in literary tradition with *Nuadh-Bhàrdachd* (all MacTV). Other documentaries featured on BBC ALBA in 2020-21 were *Air Iomall* (Solus), a cinematic and musical journey to St. Kilda and the Flannan Isles, and *An Taigh-Fuine* (MacTV), a series giving an insight into a Western Isles institution, Maclean's Bakery. Singer Colin MacLeod's balancing of crofting life with his musical career featured in *Colin MacLeod: An Ceòl* (MacTV). *Cearcaill Ceò* (Corran Media) recalled the Lewis car scene of the 1970s, and *Ceòl na Loidhne* (Sgeul Media) explored the origins of the West Highland Line in the company of musician Ingrid Henderson. *Trusadh: An Geamhradh* featured the Hebridean winter, and introduced real life 'mermaid' Kate MacLeod, who subsequently featured in her own short series, exploring the coastlines of south-west Lewis in *Miann na Maighdinn-Mara* (MacTV). *Iorram* (Bofa Productions), a feature-length documentary film, combined archive recordings of Gaelic speakers recounting their fishing tales and was available exclusively on BBC ALBA before its exhibition at the Glasgow Film Festival.

Compelling personal accounts from individuals who have suffered serious, chronic illnesses featured powerfully, including D. K. MacPhee sharing his struggle in *Dystonia: Beatha air Fhiaradh* (Sgeul Media), and *Lipoedema: Sgeulachd Lorna* (Sorbier Productions). Mental health in the arts was explored in *Ceòl is Cradh* (Sgeul Media), with testimonies from musicians sharing their own experiences in the music industry. *God Save the Quine* (HG Productions) saw many of Scotland's most well-known female musicians reveal their perspectives on an often male-dominated industry. Women in sport featured in *Boireannaich Iarainn* (Purple TV), which told the story of women in golf through history, and in *Na Boireannaich a Thog Glasgow City* (Purple TV), which



30

dhùin sùthan agus pàircean fiadh-bheatha airson mòran de 2020-21, thug *Na Glèidheadaran/Keepers agus Gach Creutair Beò* (na dhà le Midas Media) beathaichean gu sgrionaichean. Rannsaich *Cinema Gadelica* (Caledonia TV) cuid de na suidheachaidhean film as ainmeil ann an Alba, agus thug Cathy NicDhòmhnaill beò an suidheachadh air cùl fear de na nobhailean as fheàrr le Alba ann an *Sàr-Sgeòil: The Cone Gatherers* (Caledonia TV). Thug *Seòid a' Chidsin/The Kitchen Coves* (Moja TV) beachdan còcaireachd ùra gu luchd-amhairc, agus bhrosnaich *Gàrradh Phàndruig agus Gàrraidhean Mòra na h-Alba/Great Gardens of Scotland* (na dhà le Caledonia TV) gàirnealairean, mòr no beag.

Bha naidheachdan na sheirbheis deatamach agus gus cumail suas solar coileanta taobh a-staigh cuingealachaidhean astarachaidh shòisealta bha feum air sùbailteachd, mar a bha ann an àiteachan eile. Chaidh ùine a' phrògram *An Là* a lùghdachadh airson greis, ach chaidh prògram fiosrachaidh coimhearsnachd, *Fiosrachadh* a chur ris còmhla ris

an t-sreath susbaint a chaidh a chruthachadh le luchd-cleachdaidh, *a-staigh*. Chunnaic *a-staigh* 140 filmichean air am fèin dhèanaimh le buidheann de chòrr air 70 neach-cruthachaidh susbaint ùr. Chaidh 91 an cur ri chèile le sgioba com-pàirteachais BBC ALBA airson an craoladh thairis air faisg air 20 seachdain air BBC ALBA agus tha iad uile rim faotainn air BBC ALBA YouTube. B' e an galar am prìomh rud air clàr-gnothaich nan naidheachdan, leithid mar a thachair aig Skye Home Farm agus sna h-Eileanan Siar. A thuilleadh air gnothaichean mun ghalar, b' iad taghaidhean ceann-suidhe na SA agus Brexit na prìomh nithean eile air an tug na naidheachdan sùil.

Chruthaich cuingealachaidhean air siubhal thall thairis sealladh nas dachaigheil airson an t-sreath chùisean làithreach *Eòrpa* (BBC Naidheachdan agus Cùisean Làitheil). Nam measg bha fòcas air dìleab tràilleachd air a' Ghàidhealtachd, Port-fànais Chataibh, ath-fhàsachadh, èiginn taigheadais, cùram màthar is pàiste do luchd-siridh comraich agus atharrachadh cliomaid.

Coltach ris a h-uile gnè eile, dh'fheumadh susbaint chloinne atharrachadh gu sgiobalta. Mar fhreagairt don t-suidheachadh foghlam dachaigh, chaidh prìomhachas a thoirt do thoraidhean foghlaim, le clàr làitheil na cloinne air atharrachadh gus susbaint ionnsachaidh a thoirt a-steach. Ann an co-chomhairle ri eòlaichean ann am foghlam Gàidhlig, chaidh àireamh mhòr de phrògraman foghlaim tasglainn a thoirt seachad, le matamataig agus fonaigs do luchd-ionnsachaidh tràth-bhliadhnaichean, agus prògraman saidheans agus nàdar airson craoladh bun-sgoile aig an ìre as sine air an t-seanail loidhneach, agus cothrom coimhead a-rithist airson a h-uile neach le cruinneachadh ùr an iPlayer: *Ionnsaich le BBC ALBA*. Bha na dealbhan-beò Gàidhlig Bitesize uile airson susbaint bun-sgoile rim faighinn cuideachd air an iPlayer gu Samhradh 2020, a' dèiligeadh ri raon de chuspairean agus cuspairean a' gabhail a-steach saidheans, litearrachd agus àireamhachd agus matamataig. Nuair a thòisich foghlam dachaigh

documented the pair behind one of Glasgow's strongest women's football teams. Personal quests – mental and physical – were at the heart of Niall Iain MacDonald's attempt to row the Atlantic Ocean in *NY2SY* (Moja Limited) and Michael Klevenhaus's hunt to uncover Beethoven's hidden Gaelic inspirations in *Òrain Ghàidhlig Beethoven* (Blue & Green Communication/Caledonia TV).

Focus on people and place offered rich content, such as *Na Tirisidh* (Corcadal Productions) in *Tìree and Eilean Chanaigh* (Midas Media). The programme *Solus: Margaret Fay Shaw of Canna* (National Trust for Scotland) beautifully illustrated the life of the famous folklorist with personal photographs, films and audio.

Acquisitions included *Am Bronntanas* (ROSG/De Facto Films), *Mathair and Éalú as Éirinn* (both Macha Media), in addition to Norwegian dramas *Twin and State of Happiness* (both NRK).

Acquired documentaries included *Alaskan Pipeline, Clint Eastwood, Charley Pride, Bill W, The Queens New Guard, and the Isles of the Queen*.

In Factual Entertainment, *Fuine* and *Dealbhan Fraoich* (Caledonia TV) returned, as well as new travel formats with *Wild Atlantic Way* (Mast-Àrd) with Anne London on the Irish west coast, and *Na Fir Chlis* (Caledonia TV), with Ramsay MacMahon in Iceland, in addition to his weekend adventures in *Mach à Seo* (Caledonia TV). While zoos and wildlife parks closed for much of 2020-21, *Na Glèidheadaran / Keepers and Gach Creutair Beò* (both Midas Media) brought animals to screens. *Cinema Gadelica* (Caledonia TV) explored some of Scotland's famous film settings, and Cathy MacDonald brought to life the setting behind one of Scotland's best loved novels in *Sàr-Sgeòil: The Cone Gatherers* (Caledonia TV). *Seòid a' Chidsin/The Kitchen Coves* (Moja TV) brought

new culinary ideas to audiences, and *Gàrradh Phàndruig and Gàrraidhean Mòra na h-Alba/Great Gardens of Scotland* (both Caledonia TV) inspired gardeners, big or small.

News proved a vital service and maintaining comprehensive provision within social distancing restrictions required versatility, as it did elsewhere. *An Là* was reduced in duration temporarily, but supplemented by a community information slot, *Fiosrachadh*, alongside the produced user generated content strand, *a-staigh*. *A-staigh* saw 140 user generated films created by a pool of over 70 new content creators. 91 were packaged by the BBC ALBA partnership team for broadcast across almost 20 weeks on BBC ALBA and all are situated on BBC ALBA YouTube. The pandemic dominated the news agenda, and the Skye Home Farm outbreak, and outbreaks across the Western Isles were the focus of comprehensive coverage. Non-pandemic coverage was dominated by the US presidential elections and Brexit.

Restrictions on foreign travel created a more domestic perspective for BBC ALBA's award-winning European current affairs series, *Eòrpa* (BBC News and Current Affairs). These included a focus on the legacy of slavery in the Highlands, the Sutherland Spaceport, re-wilding, the housing crisis, mother and baby care for asylum seekers and climate change.

As with all other genres, Children's content had to adapt quickly. In response to the home-schooling situation, education output was prioritised, with the daily children's schedule adapted to incorporate learning content. In consultation with specialists in Gaelic education, a large number of archive education programmes were made available, with maths and phonics for early years' learners, and science and nature programmes for upper primary broadcast on the linear channel, and catch-up for all in a newly created iPlayer collection: *Ionnsaich le BBC ALBA*. All of the Gaelic Bitesize animations for primary school content were also made available on iPlayer until Summer 2020, covering a range



31

a-rithist san Fhaoilleach 2021 chaidh pasgain de shusbaint chloinne iomachruth, bho phrògramadh loidhneach gu susbaint Bitesize, agus criomag YouTube le fòcas sònraichte air goireasan foghlaim, fhaighinn a-rithist. Chaidh fiosrachadh co-cheangailte ris na goireasan a roinn le buidhnean com-pàirteachais Gàidhlig tro Bhòrd na Gàidhlig, Chomunn nam Pàrant agus Twinkl, solaraidhe stuthan ionnsachaidh do sgoiltean is pàrantan.

Lean riochdachadh cunbhalach de na clàran ciùil seachdaineil, co-làithean-breith agus Cleas, sgeulachdan aig àm cadail, agus stuthan airson a' phrògram *Dèan Fhèin E* le sgiobaidhean CBeebies agus CBBC ALBA (BBC Gàidhlig) thar na bliadhna, a' gabhail a-steach an ùine a bha obair-dachaigh a' leantainn. Bha iad sin rim faicinn air BBC ALBA YouTube, air duilleagan prògram BBC ALBA a thuilleadh air an t-seanail. Ghabh CBeebies agus CBBC ALBA pàirt sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail air-loidhne 2020 le seachdain de cho-fharpaisean seinn, bàrdachd agus ciùil air CBeebies còmhla ri cuirmean bho chlan.

A thuilleadh air susbaint ùr air a riochdachadh le CBeebies ALBA agus CBBC ALBA (BBC Gàidhlig), bha clàr na cloinne air a dhèanamh suas de raon eadar-mheasgte de phrògraman a' gabhail a-steach



32


dealbhan-beò ann am *Port Pàipeir* (Solus Productions), *Rita is Crogall* (Solus Productions), an dealbhan-beò ùr air Julia Donaldson agus Axel Scheffler, *Zog agus Na Dotairean Sgiathach* (Magic Light Pictures/Solus), agus *Lena – An Croitear Òg / The Young Crofter* (MacTV), a cho-roinn sgeulachd nighean òg a bha ag amas air na traidiseanan croitearachd a dh'ionnsaich a h-athair agus feadhainn eile dhi a ghleidheadh.

Chaidh an t-sreath Studio Ghibli, *Ronja, the Robbers Daughter*

(Polygon Pictures/Studio Ghibli/NHK Enterprises/Dwango/Obh Obh) a nochdadh airson a' chiad uair san RA air BBC ALBA. Chaidh an co-riochdachadh Celtic eadar-nàiseanta Sol – dealbhan-beò chloinne mu bhròn – a chraoladh còmhla le BBC ALBA, CITV, ITV Hub, ALL 4, My5, TG4, agus S4C air Grian-stad a' Gheamhraidh, ag amas air solas agus cofhurtachd a thoirt do theaghlachan le daoine òga air an latha as duirche den bhliadhna.



33



34

of subjects and topics including, science, literacy and numeracy and maths. When home schooling resumed in January 2021 packages of multiplatform children's content, from linear programming to Bitesize content, and YouTube clips with a special focus on educational resources, were once more made available. Information relating to the resources was shared with Gaelic partner organisations via Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant and Twinkl, a provider of learning materials to schools and parents.

Regular production of the weekly music charts, birthday strands and *Cleas*, bedtime stories, and makes for the *Dèan Fhèin E* slot continued to be originated by the CBeebies and CBBC ALBA teams (BBC Gàidhlig) across the year, including during home-working. These were featured on BBC ALBA YouTube, on the BBC ALBA programme pages as well as the channel. CBeebies and CBBC ALBA participated in 2020's virtual Royal National Mod with a week of singing, poetry and music competitions on CBeebies alongside contributed performances from children.

In addition to original content

produced by CBeebies ALBA and CBBC ALBA (BBC Gàidhlig), the children's schedule was made up of a diverse range of programmes including animations *Port Pàipeir* (Solus Productions), *Rita is Crogall* (Solus Productions), the new Julia Donaldson and Axel Scheffler

animation, *Zog* agus *Na Dotairean Sgiathach* (Magic Light Pictures/Solus), and *Lena – An Croitear Òg / The Young Crofter* (MacTV), which shared the story of a young girl focused on preserving the crofting traditions learnt from her father and others.



35

Am measg phrògraman BBC ALBA a chaidh aithneachadh aig cuirmean dhuiscean bha co-riochdachadh chloinne eadar-nàiseanta *Gaisgich Òga an Dàrna Cogaidh/Kids of Courage* (LOOKS Films/SWR/Toto Studio/CT/EC1 Lodz/Ce ta/ Solus Productions).

Lean co-mhaoineachadh air adhart mar phàirt riatanach de mhodail gnìomhachais na seanail, leis a' bhliadhna ionmhais a' faicinn £1.3m ann an luach susbaint a bharrachd. Bha co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta anns a' bhliadhna a' gabhail a-steach a' chiad cho-riochdachadh a-riamh le Innis Tìle, le *An Taistealaiche/The Far Traveller* (Profilm/MacTV). Ri linn seilbheachd san raon seo chaidh a' chiad Preantas Ceumnaiche Gnìomhachais (Pàirtiche Co-Riochdachaidh) aig MG ALBA fhadthad ag obair gu sònraichte air gnìomhachas agus co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta. Bidh an dà chùmhntan solair ioma-bliadhna ùr cuideachd a' gabhail a-steach fastadh preantasan ceumnaiche Stiùireadh Gnothachais Gàidhlig.

Thug am briseadh air tachartasan beò buaidh mhòr air dol an sàs agus seallaidhean nam meadhanan sòisealta. Bha craoladh de phrìomh amannan neo-àbhaisteach air dol an sàs agus seallaidhean a



36

bhrosnachadh ann an 2019-20, leithid coileanadh Sgioba Nàiseanta Bhoireannach na h-Alba ann an Cupa Cruinne FIFA nam Ban, Còisir Eurovision agus buannachadh beò Peat & Diesel aig Na Trads. Ann an 2020-21 cha robh tachartasan mòra mar seo clàraichte, agus cha robh mòran chothroman eile ann ri linn suidheachadh Covid-19. Ach, thug co-obrachadh agus prògramadh làidir, ùr-ghnàthach, agus ath-thòiseachadh spòrs beò as t-Fhoghar/Geamhradh 2020 buaidh dhìreach air dol an sàs agus seallaidhean nam meadhanan sòisealta. Bha iad sin a' gabhail a-steach craoladh geamaichean-deuchainn UEFA Euro nam Ban, Peat & Diesel aig àm na Càisge 2020, agus àm còisir cruinne Thoir Dhomh do Làmh Oidhche Challainn 2020. Sheall Instagram fàs làidir thar na

bliadhna. Thug YouTube BBC ALBA cuideachd cothrom air aontaidhean ùr-ghnàthach le luchd-ciùil airson susbaint toirmeasgach, air nach robh bacadh thar-chruinne a bhith ri fhaighinn air feadh an t-saoghail.

Aig deireadh na bliadhna ionmhais, chuir MG ALBA crìoch air a' phròiseas leis am bi e a' toirt seachad cùmhntan solair ioma-bhliadhnaile BBC ALBA. Fhuair seachd companaidhean neo-eisimeileach air feadh na h-Alba (Beez Studios, MacTV, Caledonia TV, Mantra TBh, Midas Media, Solus Productions & Obh! Obh! Productions) na cùmhntan, a bheir bunait airson prògram aithriseach, dibhearsain, ceòl agus susbaint chloinne BBC ALBA thairis air an ath trì bliadhna, agus aig an aon àm a' toirt bunait làidir dha na companaidhean a bhith a' leasachadh agus a' fàs gu coimeirsealta.

37



The Studio Ghibli series, *Ronja, the Robbers Daughter* (Polygon Pictures/ Studio Ghibli/NHK Enterprises/ Dwango/Obh Obh) had its UK premiere on BBC ALBA. The international Celtic co-production *Sol* – a children's animation about grief – was jointly broadcast by BBC ALBA, CITV, ITV Hub, ALL 4, My5, TG4, and S4C on the Winter Solstice, aiming to bring light and comfort to families with young children on the darkest day of the year.

Amongst the BBC ALBA programmes recognised at awards ceremonies were international children's co-production *Gaisgich Òga an Dàrna Cogaidh/Kids of Courage* (LOOKS Films/SWR/Toto Studio/CT/EC1 Lodz/ Ce ta/Solus Productions).

Co-funding continued to be an integral part of the channel's business model, with the financial year seeing £1.3m in content value added. International co-productions in the year included the first ever co-production with Iceland, with *An Taistealaiche/The Far Traveller* (Profilm/MacTV). Investment in this area saw the appointment of MG ALBA's first Business Graduate Apprentice (Co-Production Associate) working specifically on international business and co-productions. The two biggest contracts in the new multi-year supply contracts will also include the appointment of Gaelic-speaking Business Management graduate apprentices.

Social media engagement and views were particularly affected by the disruption to live events. Coverage of unusual, major occasions had driven high engagement and views in 2019-20, such as the Scottish Women's National Team performance in the FIFA Women's World Cup, the Eurovision Choir and Peat & Diesel's Na Trads live win. In 2020-21 such major events were not scheduled, and other opportunities were rare or compromised due to Covid-19 disruption. However, strong, innovative collaborations and programming, and the resumption of live sport in Autumn/Winter 2020 had a direct impact on social media engagement and views. These



38

included coverage of the UEFA Women's Euro qualifiers, occasions such as the Peat & Diesel weekend in Easter 2020, and the Thoir Dhomh do Làmh global choir moment at Hogmanay 2020. Instagram showed strong growth across the year. BBC ALBA YouTube also enabled innovative agreements with musicians for exclusive, non-geo-blocked content to be made available around the world.

At the end of the financial year, MG ALBA concluded the process by which it awards BBC ALBA multi-

annual supply production contracts. Seven independent companies throughout Scotland (Beez Studios, MacTV, Caledonia TV, Mantra TBh, Midas Media, Solus Productions & Obh! Obh! Productions) were awarded the foundation for BBC ALBA's documentary, entertainment, music and children's content over the next three years, whilst also providing a solid basis for the companies to develop and grow commercially.



39



Tàlant

Bha *a-staigh* air BBC ALBA agus YouTube tron chiad ghlasadh Covid-19.

B' e daoine a bha a' com-pàirteachadh air na meadhanan airson a' chiad uair a bha sa mhòr chuid dhiubh, agus thug seo an cothrom do Ghàidheil iad fhèin a riochdachadh agus susbaint èibhinn, aithriseach agus aig amannan faireachail a chruthachadh aig àm an uair a bha sinn uile glaiste *a-staigh*.

Seo agaibh cuid den fheadhainn a bha an sàs ann a bhith a' cruthachadh susbaint ùr:

Eilidh Niclain

Aois: 20

Àite: Inbhir Pheofharain

Aig àm *a-staigh*: Oileanach air cùrsa nam meadhanan aig Sabhal Mòr Ostaig.

"Thug a-staigh dhomh cothrom mi-fhèin a riochdachadh agus thàinig mo mhiann a bhith air an TBh gu buil."

Às dèidh *a-staigh* rinn Eilidh greis-ghnìomhachais aig FilmG agus MacTV agus rinn i obair neo-cheangailte le MG ALBA.



Amina NicDhaibhidh

Aois: 23

Àite: Glaschu

Aig àm *a-staigh*: Ag obair ann an sgoil-àraich.

"Fhuair mi an cothrom a bhith cruthachail aig àm nuair a stad na cur-seachadan cruthachail agam!"




Seumas Moireach

Aois: 21

Àite: Steòrnabhagh

Aig àm *a-staigh*: Neach-gearraidh aig Corran Media (air fòrladh)

"Bha mi air mo dhòigh blasad de na cur-seachadan agam a shealltainn, mar geamaichean agus dealbhachadh, rudan a bha eadar-dhealaichte airson BBC ALBA."




Seonag Buxton

Aois: 27

Àite: Faisg air Ceann a' Ghiùthsaidh

Aig àm *a-staigh*: Tidsear Bun-sgoile

"Dh'ionnsaich mi clàradh agus gearradh, rud nach robh mi air fheuchainn roimhe. 'S e rud ùr, spòrsail a bh' ann aig àm a' ghlasaidh!"




An Dr Lewis Hughes

Aois: 27

Àite: Glaschu

Aig àm *a-staigh*: Fo-Dhotair ann an Steòrnabhagh agus Glaschu

"Thug a-staigh dhomh cothrom na chunnaic mi mar dhotair a cho-roinn. Tha mi an dòchas gun robh sin feumail do dhaoine. Bhithinn toilichte rudeigin mar seo a dhèanamh a-rithist oir thug e dhomh cothrom co-fhaireachdainn luchd-meidigeach a shealltainn."



Talent

A-staigh featured on BBC ALBA and YouTube throughout the first Covid-19 lockdown.

Featuring primarily new contributors, it gave Gaels the opportunity to represent themselves and create fun, relatable and sometimes emotive content at a time when we were all locked up inside.

Here are some of those new content creators:

Eilidh Johnson

Age: 20

Place: Dingwall

During *a-staigh*: Student on the Sabhal Mòr Ostaig media course.

"A-staigh gave me the chance to express myself and helped realise my dreams of being on TV."

After *a-staigh* Eilidh went on to work on placement at FilmG and MacTV and also undertook some freelance work for MG ALBA.

Amina Davidson

Age: 23

Place: Glasgow

During *a-staigh*: Working at a nursery.

"I got the chance to be creative when all my creative outlets came to a halt!"

James Murray

Age: 21

Place: Stornoway

During *a-staigh*: Editor at Corran Media (Furloughed)

"I was delighted to share an insight of things like board games and drawing, and it was something a little different for BBC ALBA."

Seonag Buxton

Age: 27

Place: Near Kingussie

During *a-staigh*: Primary School Teacher

"I learnt how to film and edit, something I had never tried. It was something new and fun to work on in lockdown!"

Dr Lewis Hughes

Age: 27

Place: Glasgow

During *a-staigh*: Working as a Junior Doctor in Stornoway and Glasgow

"Contributing to a-staigh let me share my experience of the pandemic. I hope this is something that viewers found insightful. I would be glad to take part in something like this in the future as it gave me an opportunity to show the human side of the medical profession."

Lèirmheas Leasachaidh

Chuir gnìomhan leasachaidh MG ALBA fòcas air com-pàirteachadh a' cleachdadh na Gàidhlig, com-pàirteachadh coimhearsnachd, leasachadh na roinne solair agus ionnsachadh, tro LearnGaelic agus tro leasachadh SpeakGaelic.

COM-PÀIRTEACHAS

Stuth fèin-chruthaichte (ugc)

Rinn Lèirsinn 2016-2021 MG ALBA soilleir amas na buidhne gus tuilleadh cruthachadh de ugc tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh. An àite nì a tha a' tachairt aon uair gus ugc a bhrosnachadh mar a bha a' tachairt anns na bliadhnaichean ron seo, chaidh bun-bheachd a leasachadh airson a bhith a' cruinneachadh ugc Gàidhlig. Bidh am pròiseact, ris an canar Càrn, a' toirt còmhla an raon fharsaing de ugc Gàidhlig a th' ann a cheana agus ga cho-roinn tro phrìomh bhrannnd thar nam meadhanan sòisealta, a' toirt cothrom do na guthan fa leth air cùl an t-susbaint a bhith air a neartachadh le bhith a' co-roinneadh san aon àite, agus a' meudachadh dol an sàs fa leth gach neach-cruthachaidh agus luchd-amhairc. Thèid ruith a' phròiseict bho latha gu latha thairis air 2021-22 a ghabhail os làimh le Oifigeir Dhàimhean Didseatach, le taic bhon sgioba conaltraidh, agus bathar-bog cruinneachaidh meadhanan sòisealta.


FilmG

Fhuair FilmG an àireamh as àirde a-riamh de dh'inntigidhean airson a' cho-fharpais, a dh'aindeoin nan dùbhlain ann an 2020, mar theisteanas air cruthachalchd agus dòchas luchd-dèanamh fhilm. Bha ìsleachadh beag anns an roinn fhosgailte, ged a ghabh barrachd bhuidhnean bun-sgoile pàirt agus airson a' chiad uair a-riamh, chaidh inntigeadh a chuir a-steach anns a' chànan Mhanainneach, a' toirt ùrlar do cho-obraichean cruthachail mion-chànain Ceilteach eile a dhol aghaidh-ri-aghaidh le luchd-com-pàirt le Gàidhlig. Chaidh prògram dhuaisean sònraichte a chaidh a chraoladh airson BBC ALBA a chlàradh ann an Steòrnabhagh, le luchd-dèanamh fhilmichean soirbheachail a' gabhail pàirt bho air feadh na dùthcha. Chuala sinn bhon neach-dèanamh fhilmichean soirbheachail Hammy Sgith (fior ainm Liam McCormick) a dh'fhosgail sùilean agus cluasan le bhidio rap Gàidhlig innleachdach, a' taisbeanadh tàlant liriceach a thuilleadh air sgilean riochdachaidh

bhidio ciùil aon-neach, a' daingneachadh na duais airson an coileanadh as fheàrr. Choisinn piuthar agus bràthair, Nuala agus Fionnlagh Dòmhnallach duaisean airson nam filmichean aca fhèin – Riochdaire Eadar-nàiseanta FilmG airson film tiamhaidh Nuala a choimhead ri faireachdainnean aonaranachd a bhios i gu tric a' faighinn mar thoradh air a bhith a' faighinn a-mach gun robh autism oirre, agus fhuair am film mu spùinneadair drùidhteach a rinn a bràthair Fionnlagh còmhla ri charaid Silas Brown an tiotal An Riochdachadh as Fheàrr.

OILEANAICH

Bha am briseadh a thàinig mar thoradh air Covid-19 a' ciallachadh nach robh greisean gnìomhachais oileanach samhraidh MG ALBA rim faighinn ann an 2020. Fhuair na ceithir oileanaich dàrna bliadhna de Dioplòma Sabhal Mòr Ostaig anns na Meadhanan Gàidhlig bursaraidhean gus na greisean gnìomhachais aca a ghabhail os làimh.



40



Development Review

MG ALBA's development activities focused on participation using Gaelic, community engagement, supply sector development and learning, via LearnGaelic and the development of SpeakGaelic.

PARTICIPATION

User Generated Content (ugc)

MG ALBA's Lèirsinn 2016-2021 made clear the organisation's objective to stimulate increased generation of Gaelic-medium ugc. Rather than one-off interventions to incentivise ugc such as that undertaken in previous years, a Gaelic ugc aggregation concept was developed. The project, called Càrn, will bring together a wide range of existing Gaelic ugc and share it through a central brand across social media, allowing for the individual voices behind the content to be bolstered by sharing the same stage, and increasing each creator's individual engagement and audience. The day-to-day running of the project across 2021-22 will be undertaken by a Digital Engagement Officer, supported by the communications team, and social media aggregation software.

FilmG

FilmG received the highest ever number of entries for the competition, despite the challenges of 2020, in testament to the creativity of the hopeful filmmakers. There was a slight dip in the open category, though more primary groups participated and for the first time ever, an entry was submitted in the Manx language, providing a platform for fellow minority Celtic language creatives to go head-to-head with Gaelic counterparts. A special awards broadcast for BBC ALBA was recorded in Stornoway, with winning filmmakers contributing from across the country. Stand out winning filmmaker Hammy Sgith (real name Liam McCormick) opened eyes and ears with ingenious Gaelic rap video, displaying lyrical talent as well as one-man-band music video production skills, securing the

prize for best performance. Sibling stars Nuala and Finlay MacDonald managed to secure prizes for their own respective films – FilmG International Representative for Nuala's poignant film looking at the feelings of loneliness she often experiences as a result of being diagnosed with autism, whilst brother Finlay's swashbuckling, dramatic pirate film made with friend Silas Brown secured the title of Best Production.

STUDENTS

Covid-19 disruption meant that MG ALBA summer student placements were not available during in 2020. The four second year students of Sabhal Mòr Ostaig's Diploma in Gaelic Media received bursaries to undertake their industry placements.

41



COIMHEARSNACHD AGUS LUCHD-ÙIDH

Sponsaireachd

Lean MG ALBA le bhith a' toirt taic sponsaireachd do Na Trads leis an tachartas air a chraoladh air BBC ALBA. Air a thaisbeanadh le Màiri Anna NicUalraig agus Alastair Heather, chaidh na duaisean a chumail ann an cruth ùr trì-chànanach sa Ghàidhlig, Albais agus Beurla.

Thug MG ALBA taic do neach-spòrs na bliadhna aig Duaisean Bhoireannach Alba ann an Spòrs. Thug am buidheann cuideachd taic do dhuais Tosgaire Òg Gàidhlig na Bliadhna aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba na bliadhna seo.

An Làrach-lìn

Dh'ùraich MG ALBA an làrach-lìn aca sa Ghearran 2021 le làrach ùr-nòsach a tha a' nochdadh obair MG ALBA agus a' brosnachadh ruigsinneachd gu ùrlaran meadhanan ar branndan. Is e ruigsinneachd agus faicsinneachd na prìomh stiùirean airson na làraich agus tha am foirm conaltraidh ùr nas fhaicsinniche a' faicinn barrachd conaltraidh leis a' phoball.

Na Meadhanan sòisealta

Bha meadhanan sòisealta MG ALBA gu gnìomhach a' toirt taic agus brosnachadh do dh'obair MG ALBA, a bharrachd air a bhith a' brosnachadh ar branndan. Chaidh seo a leudachadh le gluasad bho chionn ghoirid gu Instagram, is sinn a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil e cho furasta 's a ghabhas faighinn gu obair MG ALBA, agus aig an aon àm gar faighinn fhèin chun àireamh as motha de dhaoine.



SGRIONAIDHEAN

Chaidh a' chiad sgrionadh gu tur air-loidhne le MG ALBA, ann an com-pàirteachas le Oifis Riaghaltas na h-Alba ann am Berlin, a chumail air Latha Naomh Anndra a' comharrachadh co-latha breith Ludwig Van Beethoven. A' taisbeanadh am prògram chliùiteach Òrain Ghàidhlig Beethoven, fhuair luchd-amhairc eadar-nàiseanta bho Uibhist a Deas gu Frankfurt cothrom turas Micheal Klevenhaus fhaicinn, ann a bhith a' stèidheachadh nan ceanglaichean eadar ceòl Beethoven agus fuinn traidiseanta Gàidhlig. Fhuair an tachartas taic bho Fiona Hyslop BPA, Rùnaire a' Chaibineit airson an Eaconamaidh, Obair Cothromach & Cultar, agus bha cothrom ann cuideachd beachdachadh air a' phrògram agus air na toraidhean a thàinig às, còmhla ri Micheal Klevenhaus.

LEASACHADH AN ROINN SOLARACHAIDH

Ann am bliadhna far an robh dùbhlann ann a thaobh cothroman airson lìonrachadh agus conaltradh aghaidh ri aghaidh, stèidhich MG ALBA ùrlar air-loidhne do sholarachd. Leig seo leotha a bhith a' co-roinn fiosrachadh mu na leasachaidhean agus na cothroman as ùire ann an roinn nam meadhanan Gàidhlig agus nas fharsainge, bho dhreuchdan bàna gu sgeamaichean maoineachaidh agus prògraman trànaidh.

COMMUNITY AND STAKEHOLDERS

Sponsorship

MG ALBA continued as title sponsor of the Scots Trad Music awards, with the celebrations taking place on BBC ALBA. Presented by Mary Ann Kennedy and Alastair Heather, the awards were held in a new tri-lingual format of Gaelic, Scots and English.

MG ALBA sponsored the category Sportswoman of the Year at the Scottish Women in Sport Awards. The organisation also sponsored the Young Gaelic Ambassador of the Year Award at the annual Scottish Gaelic Awards.

Website

MG ALBA refreshed its website in February 2021 with a modern site which reflects the work of MG ALBA and promotes access to the media platforms of our brands. Accessibility and visibility are the key drivers for the site and the new more visible contact form is seeing increased communication with members of the public.

Social media

MG ALBA's social media actively supported and promoted the work of MG ALBA, as well as promoting our brands. This has been extended by a recent move on to the platform Instagram, as we seek to ensure accessing the work of MG ALBA



is as easy as possible, whilst also promoting ourselves to as wide a demographic as possible.

SCREENINGS

The first fully online screening by MG ALBA, in partnership with the Scottish Government's Office in Berlin, took place on St. Andrews Day celebrate the birthday of Ludwig Van Beethoven. Showcasing the acclaimed documentary Òrain Ghàidhlig Beethoven an international audience from South Uist to Frankfurt enjoyed the journey of Michael Klevenhaus in establishing the links between the music of Beethoven and traditional

Gaelic tunes. Supported by Fiona Hyslop MSP, the Cabinet Secretary for the Economy, Fair Work & Culture, there was also an opportunity to discuss the programme and its findings with Michael Klevenhaus.

SUPPLY SECTOR DEVELOPMENT

In a year where opportunities for networking and face to face communication was challenged, MG ALBA established an online platform for suppliers. This enabled information sharing on the latest developments and opportunities in



Bha taic trèanaidh a' toirt prìomhachas do thrèanadh cànan Gàidhlig do sholarichean, a' gabhail a-steach fileantaich a bhith ag obair aig solarichean BBC ALBA a' coimhead air gach taobh de ghràmar Gàidhlig ann am prògram air a ruith le Comhairle nan Leabhraichean. Thug MG ALBA taic cuideachd do thrèanadh airson preasantair Gàidhlig a' phrògram spòrs ainmeil didseatach bhoireannach, 360 (Nemeton TV).

Tha am Buidheann Comhairleachadh Trèanadh a' Ghnìomhachais ann gus fiosrachadh a thoirt do ghreisean oileanach Meadhanan Gàidhlig Sabhal Mòr Ostaig DipHE agus bidh iad a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna. Tha riochdairean air bho SMO agus MG ALBA, Midas Media, Nemeton TV, Caledonia TV, MacTV, Sorbier Productions, agus am BBC. Tha na h-oileanaich a' faighinn taic aig cosgais £7k gach neach agus a' cur seachad an dàrna bliadhna aca aig companaidhean riochdachaidh taghte. Ann an 2020 chaidh aontachadh gu robh feum air fastadh cunbhalach de co-dhiù aon oileanach sa ghnè spòrs gach bliadhna, gus dèanamh cinnteach gum biodh tàlant le Gàidhlig air àrach sa ghnè sin. Ann an 2020 cha robh ach trì oileanaich air a' chùrsa Meadhanan Gàidhlig DipHE.

Chaidh aontachadh ri taic leantainneach airson an Young Film Foundation.

IONNSACHADH

Lean fàs làidir sa bharrann LearnGaelic. Chaidh bun-bheachd SpeakGaelic aontachadh agus chaidh a' mhòr-chuid de mhaoineachadh aontachadh.

Chùm LearnGaelic air a' fàs agus b' e seo a' bhliadhna a b' fheàrr fhathast. Chaidh seallaidhean duilleig den làrach-lìn suas 24% gu 3.5m seallaidhean duilleig, chaidh seiseanan suas 40% gu 1.4m agus luchd-cleachdaidh fa leth suas 28% gu cuibheasachd mìosail de 47k. Ann an 2020-21, lean fòcas is seilbheachd gu bhith a' stèidheachadh LearnGaelic mar bharrann Gàidhlig shoirbheachail le fòcas air com-pàirteachadh luchd-cleachdaidh agus a' meudachadh eòlas luchd-cleachdaidh san ath-dhealbhadh ùr.



46

Chuir an sgioba Ionnsachaidh Air-loidhne cudrom air a bhith a' leasachadh stuthan ionnsachaidh Gàidhlig ann an riochd didseatach. Rinn an Rìochdaire Leasachaidh (air fhastadh sa Mhàrt 2020) rannsachadh farsaing air luchd-cleachdaidh LearnGaelic.Scot. Thathas an-dràsta a' leasachadh na làraich a rèir nan co-dhùnaidhean. Tha an luchd-cleachdaidh aig cridhe susbaint, toraidhean didseatach agus barrann LearnGaelic. Thathar a' leasachadh susbaint, innealan, fiosrachadh agus goireasan air an làrach-lìn gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' coinneachadh ri agus a' dol thairis air feumalachdan agus dùilean luchd-cleachdaidh.

Am measg nan soirbheachasan sònraichte tha stiùireadh aibideil Gàidhlig ùr airson luchd-tòiseachaidh agus fàs leantainneach den chuairt-litir seachdaineil. Chòrd susbaint leithid Learn a Gaelic Song, Grammar Bites agus Q & Aan ri luchd-leantainn nam meadhanan sòisealta LearnGaelic

air Instagram. Chòrd na Q & Aan gu mòr ri luchd-ionnsachaidh agus fileantaich a thuir gu bheil e a' toirt seachad stiùireadh ann an raointean anns nach eil iad deònach comhairle fhoirmeil a shireadh.

Chaidh a' bhun-bheachd SpeakGaelic a leasachadh agus aontachadh leis na com-pàirtichean LearnGaelic, MG ALBA, Sabhal Mòr Ostaig, BBC, Bòrd na Gàidhlig, Bòrd na Ceiltis (Alba), leis an amas cruth-atharrachadh a thoirt air a bhith a' cleachdadh agus a' bruidhinn na Gàidhlig le bhith a' toirt seachad structar soilleir, farsaing agus amalaichte airson ionnsachadh Gàidhlig inbheach. Is e Sabhal Mòr Ostaig an com-pàirtiche acadaimigeach airson SpeakGaelic agus bidh iad ag ullachadh stuthan a' chùrsa.

Tha BBC Gàidhlig a' riochdachadh an t-susbaint lèir-chlaistinneach agus meadhanan sòisealta/stuthan goirid a thuilleadh air an làrach-lìn. Bidh an t-susbaint seo ri fhaighinn air BBC



47

the Gaelic media sector and beyond, from vacancies to funding schemes and training programmes.

Training support prioritised Gaelic language training for suppliers, including providing fluent speaking staff amongst BBC ALBA's suppliers high-level training looking at all aspects of Gaelic grammar in a programme hosted by Comhairle nan Leabhraichean. MG ALBA also supported Gaelic presenter training for the host of flagship digital women's sport show 360 (Nemeton TV).

The Industry Training Advisory Group informs the Sabhal Mòr Ostaig DipHE Gaelic Media student placements and meets twice a year. It has representatives from SMO and MG ALBA, Midas Media, Nemeton TV, Caledonia TV, MacTV, Sorbier Productions, and the BBC. These are supported at a cost of £7k each and see students from the course spending their second year at selected production companies.

In 2020 it was agreed that regular recruitment of at least one sports placement student was required in order to ensure throughput of Gaelic-speaking talent into sports production. 2020 saw a reduction in intake to three students for the DipHE Gaelic Media course.

Continued support for the Young Film Foundation was agreed.

LEARNING

The LearnGaelic brand continued to demonstrate strong growth. The SpeakGaelic concept was agreed and the majority of its funding agreed.

Performance of LearnGaelic showed continued growth, with the strongest year-to-date. Page views of the website were up 24% to 3.5m page views, sessions were up 40% to 1.4m and unique users up 28% to a monthly average of 47k. In 2020-21, focus and investment continued to

be channelled into the establishment of LearnGaelic as a thriving Gaelic brand focused on user-engagement and maximising the user experience of the new redesign.

The Online Learning team focused efforts on the digital development of Gaelic learning products. The Development Producer (appointed in March 2020) conducted extensive user research of LearnGaelic.Scot. The site is currently being developed in accordance with the findings. An audience-centred approach informs all of the LearnGaelic content, digital products and brand. All content, tools, information and resources on the website are currently being optimised in order to ensure it meets and exceed users' needs and expectations.

Notable successes include a new Gaelic alphabet guide for beginners and continued growth of the weekly newsletter. LearnGaelic's social media followers enjoyed content such as

Speak Gaelic



48

iPlayer, seanail loidhneach BBC ALBA agus air YouTube BBC ALBA. Bidh BBC Radio nan Gàidheal a' riochdachadh na susbaint chlaistinneach.

Bidh roghainn aig an neach-cleachdaidh SpeakGaelic a chleachdadh ann an trì diofar dhòighean, agus bidh iad uile amalaichte, ach cuideachd faodar an cleachdadh fa leth:

- air a theagasg tro chùrsa SpeakGaelic; agus/no
- air a chleachdadh ann an susbaint mheadhanan co-phàirteach BBC ALBA/BBC Radio nan Gàidheal; agus/no
- fèin-thrèraichte tro làrach-lìn SpeakGaelic; agus
- iad uile a' faighinn taic agus leudachadh bho mheadhanan shòisealta SpeakGaelic.

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic do dhaoine a tha nam fìor luchd-tòiseachaidh, bheir na stuthan taic do luchd-labhairt na Gàidhlig aig diofar ìrean de fhileantachd gus misneachd fhaighinn ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig.

Bidh curraicealam SpeakGaelic stèidhichte air toraidhean ionnsachaidh CEFRL (Frèam Iomraidh Eòrpach airson Cànanan), far a bheil gach neach-labhairt air a chur aig aon de shìa ìrean (A1, A2, B1, B2, C1, C2). Bidh SpeakGaelic a' dèiligeadh ri ìrean A1, A2, B1 agus B2 an toiseach, le ullachadh airson luchd-cleachdaidh a tha comasach sa Ghàidhlig, aig ìrean C1 agus C2, a' leantainn air adhart aig an àm seo tro na seanailean a tha ann mu thràth.

Bidh 13 leasan aig gach ìre, le dà chlas anns gach leasan, le sreath de 13 prògram meadhanan leth-uair a thìde. Bidh na builean ionnsachaidh airson gach aon de na modalan sin mar bhunait airson gach eileamaid de SpeakGaelic ann an dòigh chunbhalach.

Chaidh am buidheann didseatach More Yum a choimiseanadh gus leasachadh làrach-lìn SpeakGaelic a ghabhail os làimh. Tha luchd-cleachdaidh air a bhith gu mòr an sàs ann an ìrean dealbaidh agus ro-shamhla agus tha iad air cumadh a thoirt air an t-susbaint dhidseatach. Tha luchd-cleachdaidh air gabhail gu togarrach ris a' bhrannnd SpeakGaelic agus tha iad air leth taingeil a bhith aig cridhe na cùise.

Chaidh Com-pàirtiche Ionnsachaidh Air-loidhne fhadastadh san Dàmhair 2020 gus taic a thoirt don sgioba agus susbaint dhidseatach a chruthachadh airson an dà chuid SpeakGaelic agus LearnGaelic. Tha dà dhreuchd Com-pàirtiche eile air an comharrachadh airson foillseachadh SpeakGaelic. Chaidh an sgioba Ionnsachaidh ath-structaradh beagan gus feumalachdan SpeakGaelic agus LearnGaelic a thoirt còmhla ann an dòigh cho-leanailteach.

Ann an amharc againn a dh'aithghearr tha foillseachadh SpeakGaelic

On our immediate horizon is the exciting launch of SpeakGaelic



49

Each level will comprise 13 lessons, with two classes in each lesson, accompanied by a series of 13 half-hour media programmes. The learning outcomes for each of these modules will underpin all elements of SpeakGaelic in a consistent way.

The digital agency More Yum were commissioned to undertake the development of the SpeakGaelic website. Users have been heavily involved in the design and prototype stages and have shaped the digital content. Users have embraced the SpeakGaelic brand and are excited to be at the core of the journey.

An Online Learning Associate was appointed in October 2020 to support the team and create digital content for both SpeakGaelic and LearnGaelic. A further two Associate posts are designated for SpeakGaelic launch. The Learning team were re-structured slightly to incorporate the needs of SpeakGaelic and LearnGaelic in a cohesive manner.

Learn a Gaelic Song, Grammar Bites and regular Q&As on Instagram. The Q&As proved popular with learners, fluent and native speakers who have commented that it provides guidance in areas in which they are reluctant to seek formal advice.

- self-guided through the SpeakGaelic website; and
- all supported and enhanced by SpeakGaelic social media.

As well as supporting complete beginners, the materials will support Gaelic speakers at different levels of fluency to gain confidence to SpeakGaelic.

The SpeakGaelic concept was developed and agreed by the LearnGaelic partners, MG ALBA, Sabhal Mòr Ostaig, BBC, Bòrd na Gàidhlig, Bòrd na Ceiltis (Alba), with the objective of transforming the uptake and usage of Gaelic by providing a clear, comprehensive and integrated structure for adult Gaelic language learning. Sabhal Mòr Ostaig are the SpeakGaelic academic partner and are generating the course materials.

BBC Gàidhlig are producing the audio-visual and additional social media/website short-form content. This content will be available on the BBC iPlayer, BBC ALBA linear channel and on BBC ALBA YouTube. BBC Radio nan Gàidheal will produce the audio content.

The user will have the option of experiencing SpeakGaelic in three different ways, all of which will be integrated, but also capable of being consumed discretely:

- taught through a SpeakGaelic course; and/or
- consumed in complementary BBC ALBA/BBC Radio nan Gàidheal media content; and/or



50



51

Aithris Riaghlaidh

Stèidhich Achd Conaltraidh 2003, (earrannan 208-210) Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar bhuidheann corporra gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an libhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba agus daoine eile. Tha am buidheann ag obrachadh fon ainm MG ALBA (Meadhanan Gàidhlig Alba).

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 183(4B) de Achd Craolaidh 1990 (air a chur a-steach le earrann. 208 de Achd Conaltraidh 2003). Tha MG ALBA a' libhrigeadh a chuid dhleastanasan fo earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha a thaobh maoinachadh prògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair co-cheangailte.

Tha MG ALBA dealasach mu irean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda

Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cum MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh riosgan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs deilbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghnìomhachais riochdachaidh neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir air a' Bhòrd.

Tha dealbhadh a' bhùird, agus mar sin an iomadachd aige, air a dhearbhadh le Ofcom. Ri linn atharrachaidhean sa bhallrachd, dh'atharraich riochdachadh gnè air a' Bhòrd ann an 2020-21 bho 50:50 gu 56% de riochdachadh bhoireannach agus riochdachadh fhìreannach aig 44% aig deireadh na bliadhna ionmhais.

Governance Statement

The Communications Act 2003 (sections 208-210) established Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, the Gaelic Media Service, as a body corporate to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland and to others. The body operates under the name MG ALBA (Meadhanan Gàidhlig ALBA).

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in section 183(4B) of the Broadcasting Act 1990 (inserted by section. 208 Communications Act 2003). It discharges the functions set out in sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules in relation to the financing of Gaelic programmes, training, research and related activities.

MG ALBA is committed to high standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provides the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.



52

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters to the members that require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

The Board is comprised of up to 12 members including the Chair. Each Board member serves for a period of up to four years. The Board must include members nominated by HIE, the BBC and Bòrd na Gàidhlig. Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

The composition of the Board, and therefore its diversity, is determined by Ofcom. Due to changes in membership, the gender composition of the Board in 2020-21 changed from 50:50 to 56% female and 44% male at year end.

The Board adopts an annual Operational Plan which seeks to make progress against the objectives identified in MG ALBA's five-year strategy, Lèirsinn. Performance against



53

Tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Obrachaidh bliadhnaile a tha a' feuchainn ri adhartas a dhèanamh mu choinneimh nan amasan a chaidh an comharrachadh ann an Lèirsinn 2021, ro-innleachd 5 bliadhna na buidhne. Tha an coileanadh a rèir Plana 2020-21 air a chur an cèill air duilleag 17 san aithris mu na Prìomh Chomharran Dèanadais.

Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdadh agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra, a tha rim faighinn aig www.mgalba.com.

Tha am Bòrd air trì comataidhean a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' libhrigeadh a chuid dhleistan.

Tha an Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' comhairleadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimhseachadh riosgan, siostaman in-smachd agus suas chun Dùbhlachd 2020, poileasaidh pàighidh an luchd-obrach. Tha am Bòrd a' toirt ùghdarras manaidsaidh practaigeach an sgrùdaidh bhon taobh a-muigh dhan Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, aig a bheil uallach beachdachadh air a' phlana sgrùdaidh agus na toraidhean a thig às. Tha a' Chomataidh cuideachd a' comhairleadh a' Bhùird air toraidhean sgrùdaidhean in-thaigh, a bhios a' cur fòcas gach bliadhna air cuspairean fa leth den ghnòthachas.

Bidh luchd-sgrùdaidh MG ALBA bhon taobh a-muigh a' toirt laigsean sam bith gu aire na Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus ma tha e iomchaidh



gu aire a' Bhùird rè an sgrùdaidh bhliadhnaile. Bithear a' sgrùdadh nithean cudromach agus cunnartan sam bith a thèid a lorg agus thèid dèiligeadh riutha ann an dòigh iomchaidh. Cha deach laigsean cudromach sam bith a lorg ann an 2020-21.

Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, ann an co-chomhairle leis an Àrd-Oifigeir mar Oifigeir Cunntachail, a' faighinn co-dhiù aon aithisg in-sgrùdaidh gach bliadhna, a' leantainn prògram-obrach de sgrùdadh a-staigh a dh'aontaich a' Chomataidh.

Tha a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean, a ghabh àite a' Chomataidh Inbhean rè na bliadhna, a' comhairleadh a' Bhùird mu bhith a' riarachadh ghoireasan MG ALBA do shusbaint meadhanan Gàidhlig, sgilean agus com-pàirteachadh, a bhith a' cumail sùil

air agus ag atharrachadh buidseatan taobh a-staigh nan crìochan a tha ùghdarrachaidh leis a' Bhòrd, gus slatan-tomhais soirbheachaidh a shuidheachadh agus beachdachadh air coileanadh agus buaidh nam meadhanan Gàidhlig.

Tha Comataidh nan Cathraichean, a ghabh àite a' Chomataidh Ainmeachaidh rè na bliadhna, a' comhairleadh a' Bhùird air planadh leantainneachd bhall le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan sgilean bhall air an aithneachadh le bhith a' cur taic ri Ofcom sa phròiseas fastaidh foirmeil airson buill ùra agus ghabh iad uallach airson poileasaidhean tuarastail luchd-obrach san Dùbhlachd 2020.

Tha Bòrd MG ALBA, a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean a' coinneachadh co-dhiù gach ràith. Tha Comataidh nan Cathraichean a' coinneachadh co-dhiù dà uair sa bhliadhna. Ann an 2020-21, ghabh am Bòrd comhairle bho na Comataidhean agus dhèilig iad ri na gnòthaichean a chaidh a thogail leotha.

Tha an t-uallach iomlan air an Àrd-Oifigeir gu bheil dleastanas air a choileanadh co-cheangailte ri riaghladh iomchaidh a thaobh Manaidsaidh Riosg agus gu bheil dearbhadh iomchaidh aig a' Bhòrd agus aig na Comataidhean gu bheil prìomh riosgan ro-innleachdail gan làimhseachadh gu h-iomchaidh.

Tha am Bòrd a' cur an Àrd-Oifigeir an dreuchd, le uallach dèanamh

55



the 2020-21 Plan is set out in the Key Performance Indicators on page 18.

The Board and its committees periodically review and revise policies and corporate documents, which are available at www.mgalba.com.

The Board has established three committees to assist in the discharge of its functions.

The Audit & Assurance Committee advises the Board on MG ALBA's risk management, internal controls and, up until December 2020, staff remuneration policy. The Board delegates the practical management of the external audit to the Audit & Assurance Committee, who are responsible for considering the audit plan and audit findings in depth. The Committee also advises the Board on

the findings of internal audits, which focus annually on individual areas of the business.

MG ALBA's external auditors discuss with the Audit & Assurance Committee, and if appropriate, with the full Board any reportable weaknesses identified during their annual audit. Significant findings and risks are examined and are subject to appropriate action. No significant weaknesses were identified in 2020-21.

The Audit & Assurance Committee, in consultation with the Chief Executive as Accountable Officer, receive at least one internal audit report each year, following a programme of internal audit agreed by the Committee.

The Content, Skills & Engagement Committee, which replaced the Standards Committee during the year, advises the Board on the allocation of MG ALBA's resources to Gaelic media content, skills and engagement, to monitor and vary budgets within the limits authorised by the Board, to set success criteria and to consider Gaelic media performance and impact.

57





cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luach an airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd-Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA.

Gach trì mìosan, tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh – air a bheil an t-Àrd-Oifigear, Stiùiriche Ionmhais, Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair, Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh agus am Manaidsear Gnìomhachais a' coimhead gu mionaideach ri aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Tha pasgain de dh'aithisgean ràitheil air a chur air adhart chun Chomataidh Shusbaint, Sgìlean & Dhàimhean agus chun Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus às

dèidh sin chun a' Bhùird. A thuilleadh air sin, tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gnìomh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail airson dèiligeadh ri gnòthaichean ionmhais agus gus coinneachadh ri cùisean gnòthachais eile agus cùisean luchd-obrach.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadh gach mìos a rèir slatan-tomhais a' Phlana Obrachaidh. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne agus airson a' Bhùird.

Tha uallach air an Sgioba Àrd-Stiùiridh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Plana Manaidseadh Àrainneachdail agus planaichean gnìomh leantainneach

na buidhne air an cumail suas. Tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh gu cunbhalach a' faighinn aithisgean air cùisean Gnòthaichean Daonna (HR) agus Slàinte agus Sàbhailteachd. Bidh teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson gach togalach aig MG ALBA air an ùrachadh gach bliadhna agus bidh aithisg air a chur chun a' Bhùird.

58



The Chairs' Committee, which superseded the Nominations Committee during the year, assists the Board with effective succession planning by ensuring that any Board member skills requirements are promptly identified and by assisting Ofcom in the formal recruitment process for new members. They assumed responsibility for staff remuneration policy in December 2020.

The MG ALBA Board, Audit & Assurance Committee and Content, Skills & Engagement Committee meet at least quarterly. The Chairs' Committee meets at least twice annually. In 2020-21, the Board took advice from its Committees and dealt with the matters raised by them.

The Chief Executive has overall responsibility for ensuring that good governance regarding Risk Management is properly discharged

and that the Board and its committees have sufficient assurance that key strategic risks are being appropriately managed.

The Board appoints the Chief Executive, who is responsible for ensuring the propriety, regularity and value for money of MG ALBA's expenditure. The Chair is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA activities.

Every three months the Senior Management Team (SMT) – comprising the Chief Executive, Director of Finance, Director of Multiplatform Content, Director of Strategy & External Affairs and the Senior Business Manager – consider quarterly reports on all aspects of MG ALBA's activities in detail. Quarterly reporting packs are presented to the Content, Skills &

Engagement Committee and to the Audit & Assurance Committee, and thereafter to the Board. In addition, the SMT meets at least fortnightly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, to deal with financial affairs and to address other business and staff matters.

Budget heads are monitored monthly by reference to the parameters set out in the Operational Plan. Reports and accounts are prepared for management and for the Board.

The SMT is responsible for ensuring compliance with the Environmental Management Plan and ongoing action plans. The SMT receives regular reports on HR and Health and Safety matters. Health and Safety certificates for all MG ALBA premises are renewed annually and a report sent to the Board.

59

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG AITHRISEAN IONMHASAIL AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2021

Aithris air Dleastanasan a' Bhùird	51
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich gu na Buill	53
Aithris air Teachd-a-steach Iomlan	59
Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail	61
Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas	63
Aithris air Sruthan-airgid	65
Notaichean ris na h-Aithrisean Ionmhasail	67

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG FINANCIAL STATEMENTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2021

Statement of the Board's Responsibilities	51
Independent Auditor's Report to the Members	53
Statement of Comprehensive Income	59
Statement of Financial Position	61
Statement of Changes in Equity	63
Statement of Cash Flows	65
Notes to the Financial Statements	67



SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG AITHRIS AIR DLEASTANASAN A' BHÙIRD

Tha uallach air a' Bhòrd an Aithisg Bhlidhneil agus na h-aithrisean ionmhasail ullachadh ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Aonadh Eòrpach.

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riathanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh a bheir sealladh fìor agus cothromach air cor gnothaichean na Seirbheise agus air toradh na Seirbheise airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan seo, tha Inbhe Cunntasachd Eadar-nàiseanta 1 a' cur uallach air a' Bhòrd a bhith:

- A' taghadh phoileasaidhean cunntasachd agus gan cur an gnìomh gu cunbhalach;
- A' taisbeanadh fiosrachadh, a' gabhail a-steach poileasaidhean cunntasachd, ann an dòigh a tha a' tabhann fiosrachadh iomchaidh, earbsach, coimeasach agus tuigseach;
- A' tabhann foillseachaidhean a bharrachd an uair nach eil gèilleadh ris na riathanasan sònraichte ann an IFRSan gu leòr airson buaidh gnìomhan sònraichte, tachartasan eile agus cùmhnantan a thuigsinn air suidheachadh ionmhais agus coileanadh na Seirbheise; agus
- Measadh a dhèanamh air comas na Seirbheise leantainn air adhart mar ghnothach a tha a' leantainn oirre a' gnìomhachadh.

Tha uallach air buill a' Bhùird clàraidhean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ìre mhath de chinnt aig àm sam bith obair ionmhasail na Seirbheise, agus a dh'fhoillsicheas an ìre mhath mionaideach aig àm sam bith suidheachadh ionmhasail na Seirbheise agus a nì e comasach dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd so-mhaoin na Seirbheise a dhìon agus ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaidh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- Chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- Tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

The Board is responsible for preparing the Annual Report and financial statements in accordance with applicable law and International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union.

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of the Seirbheis and of the results of the Seirbheis for that period. In preparing these accounts, International Accounting Standard 1 requires the Board to:

- Properly select and apply accounting policies;
- Present information, including accounting policies, in a manner that provides relevant, reliable, comparable and understandable information;
- Provide additional disclosures when compliance with the specific requirements in IFRSs are insufficient to enable users to understand the impact of particular transactions, other events and conditions on the Seirbheis' financial position and performance; and
- Make an assessment of the Seirbheis' ability to continue as a going concern.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that are sufficient to show and explain the Seirbheis' transactions and disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Seirbheis and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Seirbheis and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Seirbheis' website.

In so far as the members of the Board are aware:

- There is no relevant audit information of which the Seirbheis' auditors are unaware; and
- The members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditor is aware of that information.



SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH GU NA BUILL

Beachd

Rinn sinn sgrùdadh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (an t-Seirbheis) airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2021 a tha a' gabhail a-steach Aithris air Teachd-a-steach Iomlan, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Aithris air sruthan-airgid; agus na notaichean co-cheangailte, a' gabhail a-steach gearr-iomradh air poileasaidhean cunntasachd cudromach. Tha frèam-obrach nan Aithrisean Ionmhasail a chaidh a chur an gnìomh san ullachadh aca a' tighinn a rèir an lagha iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir feumalachdan An Achd Craolaidh 1990.

Nar beachd-ne tha na cunntasan:

- a' toirt sealladh fìor agus cothromach air cor ghnòthaichean na Seirbheise mar aig 31 Màrt 2021, agus airson a' chòrr airson na bliadhna sin a dhùin;
- air a bhith air an ullachadh gu ceart a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) ; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir riathanasan Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003).

Bun-stèidh ar beachd

Rinn sinn ar sgrùdadh a rèir Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAan (RA)) agus lagh iomchaidh. Tha an tuilleadh fiosrachaidh mu ar n-uallaichean fo na h-inbhean sin san earrann de ar n-aithisg air dleastanas an luchd-sgrùdaidh airson nan aithrisean ionmhasail. Tha sinn neo-eisimeileach bhon t-Seirbheis a rèir an riathanas a tha oirnn a bhith cumail ris na h-inbhean beusail a tha bunaiteach do ar sgrùdadh de na cunntasan san RA, nam measg Cleachdaidhean Beusail an FRC agus tha sinn air ar dleastanas beusail eile a choileanadh a rèir nan riathanasan seo. Tha sinn den bheachd gu bheil am fianais sgrùdaidh a fhuairas gu leòr agus iomchaidh gus bun-stèidh ar beachd a chur an cèill.

Co-dhùnaidhean mu bhun-chùis a tha a' dol

Ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail, thàinig sinn chun cho-dhùnadh gu bheil cleachdadh nam ball de bhun-chùis a tha a' dol ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail iomchaidh. Stèidhichte air an obair a rinn sinn, cha do lorg sinn mì-chinnt sam bith co-cheangailte ri tachartasan no cumhachan a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamh mòr a chuir air comas na Seirbheis cumail a' dol mar ghnìomhachas leantainneach airson ùine de dhusan mìos co-dhiù bho nuair tha na h-aithrisean ionmhais ùghdarraichte airson an cur a-mach. Tha na dleastanasan againn agus dleastanasan nam ball a thaobh gnothach leantainneach air am mìneachadh anns na h-earrannan iomchaidh den aithisg seo.

Fiosrachadh eile

Tha uallach air buill airson an fhiosrachaidh eile. Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach am fiosrachadh san aithisg bhliadhnail, a thuilleadh air na h-aithrisean ionmhasail agus aithisg an luchd-sgrùdaidh orra sin. Chan eil ar beachd-ne air na h-aithrisean ionmhasail a' gabhail a-steach am fiosrachadh eile agus, a thuilleadh air na nithean sònraichte nar n-aithisg, chan eilear a' toirt dearbhadh sam bith air na nithean seo.

Is e ar dleastanas am fiosrachadh eile a leughadh agus, ann a bhith a' dèanamh seo, tha sinn fo uallach beachdachadh a bheil mì-chòrdadh cudromach san fhiosrachadh a thaobh nan cunntasan no a bheil an t-eòlas a fhuair sinn san sgrùdadh no eile air aithris gu ceàrr. Ma dhearbhas sinn mì-aithrisean cudromach no rudan a dh'fhaodadh a bhith nan nithean mì-aithris cudromach, tha sinn fo uallach dèanamh a-mach a bheil mì-aithris cudromach sna h-aithrisean ionmhasail no mì-aithris san fhiosrachadh eile. Ma tha sinn, tron obair a nì sinn, a' co-dhùnadh gu bheil mì-aithris cudromach den fhiosrachadh eile seo, tha sinn fo uallach sin innse.

Chan eil dad againn ri aithris mu na gnothaichean seo.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG INDEPENDENT AUDITOR'S REPORT TO THE MEMBERS

Opinion

We have audited the financial statements of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (the 'Seirbheis') for the year ended 31 March 2021 which comprise the Statement of Comprehensive Income, the Statement of Financial Position, the Statement of Changes in Equity, the Statement of Cash flows and the Notes to the Financial Statements, including significant accounting policies. The financial reporting framework that has been applied in their preparation is applicable law and international accounting standards (IAS) in conformity with the requirements of The Broadcasting Act 1990.

In our opinion the financial statements:

- give a true and fair view of the state of the Seirbheis' affairs as at 31 March 2021 and of its surplus for the year then ended;
- have been properly prepared in accordance with International Accounting Standards (IAS); and
- have been prepared in accordance with the requirements of the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003).

Basis for opinion

We conducted our audit in accordance with International Standards on Auditing (UK) (ISAs (UK)) and applicable law. Our responsibilities under those standards are further described in the Auditor's responsibilities for the audit of the financial statements section of our report. We are independent of the Seirbheis in accordance with the ethical requirements that are relevant to our audit of the financial statements in the UK, including the FRC's Ethical Standard, and we have fulfilled our other ethical responsibilities in accordance with these requirements. We believe that the audit evidence we have obtained is sufficient and appropriate to provide a basis for our opinion.

Conclusions relating to going concern

